FARAILEAN SOISGEULACH.

D L Moody

H. M. 120.


NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

EARAILEAN SOISGEULACH.



EARAILEAN SOISGEULACH.

LE

D. L. MOODY.

AIR AN EADAR THEANGACHADH GU GAILIG LE AON DE MHINISTEIR IBH NA H'EAGLAIS SAOIRE ANN AN ILE.

GLASGOW:
CHARLES GLASS & CO., 33 EAST HOWARD STREET.

NATIONAL LIBRARY
B
26 MR
1935
SCOTLAND

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

AN ROIMHRADH.

THA na h'earailean soisgeulach a leanas, a bha air an labhairt le Mr. Moody an soisgeulaiche urramach o America air an eadar-theangachadh gu Gailig, agus a nis air an cuir a mach le muinghinn, mar a rinn Dia am beannachadh do dh'anamaibh siorruidh san dùthaich so, agus ànn an America, gun dean e gu gràsmhor am beannachadh do Shluagh na Gaidhealtachd, 'nuair tha iad air an cuir nan laimh, ann sa chainnt is fearr a thuigeas iad.

AN CLAR INNSIDH.

	PAGE
"Is eigin duibh bhi air bhur breith a ris," . .	9
An Fhuil.—I. An Seann Tiomnadh, ...	20
An Fhuil.—II. An Tiomnadh Nuadh, ...	31
An Soisgeul, ...	42
Lagh Agus Gras, ...	51
Rinn I na' Dh'fheudadh I, ...	59

EARAILEAN SOISGEULACH.

"IS EIGIN DUIBH BHI AIR BHUR BREITH A RIS."

Eoin iii. 3, "Gu deimhin deimhin a ta mi ag ràdh riut mur beirear duine a ris, nach feud e rioghachd Dhé fhaicinn."



HI sibh bho'n treas caibdeal do'n litir chum nan Ròmanach, gum bheil e na fheum do-sheachainte duine bhi air a bhreth a ris. Chi sibh ann sa chaibdeal sin, ciod a tha an duine thaobh nàduir. Mu tha sibh air son fhaotuinn a mach ciod e Dia, tionndaidhibh chum an t'seathamh rànn deug do'n treas caibdeal do shoisgeul Eoin,—"Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic fein, chum as ge be neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'n bi a bheatha shiorruidh aige."

Cha'n aithne dhomh ni sam bith is cudthromaiche na'n fhirinn mu'n Ath-Bhreith. Cha'n aithne dhomh ni sam bith 'sa Bhiobul ni's cudthromaiche, agus ni's soilleire air a theagasg no an fhirinn so; agus gidheadh tha mòran ann san eaglais, agus ann sa'n t'saoghal ann am mearachd uimpe. Feudaidh beachdan fallain 'bhi aig duine ma mhòran do nithibh, agus a bheachdan mu'n Ath-Bhreith gun a bhi fallain. Agus gidheadh is e so stéidh 'ur dòchais, ur stéidh aideachaidh air Dia. Iarramaid, le cuideachadh Dhé an fhirinn uime so a thuigsinn aig starsnuch a ghnothuich. Is sòluimte a cheisd i.—"Am bheil mi air

mo bhreth o'n Spiorad?" "Am bheil mi air mo bhreth a ris?" Oir tha fios agaibh, "mur beirear duine a rìs, nach feud e rioghachd Dhe fhaicinn."

A nis ainmichidh mi nithibh anns nach eil an Ath-Bhreth a co-sheasamh. Cha'n i an Ath-Bhreth a dhol do'n eaglais. Chi mi muinntir gu tric, ris an cuir mi a cheisd. "Am bheil iad nan Criosduidhean?" Their iad, "tha sinn gun teagamh, tha sinn an duil gu'm bheil, oir bithidh sinn dol do'n eaglais na h'uile Sàbaid. Ah! ach cha'n e sin an Ath Bhreith. Feudaidh sibh a dhol do chùl-shràidibh a bhaile agus gràdh Dhé do dhaoinibh a chuir an céil agus gun a a bhi air 'ur breith a ris. Is e beachd mearachdach tha ann a bhi an dùil gum faigh sibh an Ath-Bhreith troimh 'bhi sgapadh sìol Dhé ri taobh an rathaid. Ach tha fathast seors' eile ann, tha an duil gu'm bheil iadsan nan Criosduidhean. Their iad, "tha mise feuchainn ris an ni tha ceart a dheanamh, nach eil mi a ris a'm Chriosduidh? Nach e sin an Ath-Bhreith?" Cha'n e, tha mi ag innseadh dhuit nach e. Feudaidh tu an ceum sin a ruigsinn gun a bhi air do bheith a ris. Tha seors' eile ann fathast, iadsan air an d'thàinig ath-leasachadh, agus tha an dúil gu'n robh iad air an Ath-Bhreith. Feudaidh duine rùnachadh a bhi 'na dhuin 'eile, gun e bhi air Ath-Bhreith.

Agus cha seas baisteadh an aite na h'Ath-Bhreith. Agus gidheadh cluinnidh tu muinntir ag ràdh. "Nach faic thu, bha mise air mo bhaisteadh, agus bha mi air mo bhreith a ris ann sa bhaisteadh." Tha iad an dúil a chioun gu'n robh iad air am baisteadh a steach do'n eaglais gun robh iad air am breith a ris. Tha an dà ni gu h'iomlan eadar-dhealaichte. Feudaidh tu bhi air do bhaisteadh a steach do'n eaglais fhaicsinnich, agus gidheadh gun thu bhi air do bhaisteadh do Mhac Dhé. Tha am baisteadh na ni maith na àite fein. Nar leigeadh Dìa gun abrainu-sa focal na aghaidh. Ach ma chuireas tu e an aite na h' Ath-Bhreith tha thu a deanamh mearachd mòr. Cha'n urrainn dhuit a dhol a steach do rioghachd Dhé, troimh bhaisteadh mar dhorus. Nan saoilinn gun b'urrainn domh daoine a bhaisteadh a steach do rioghachd Dhé, bhitheadh e ni b' fhearr dhomh an doigh sin a ghabhail na dhol man cuairt a searmonachadh. Gheibhinn soitheach uisge agus rachainn suas agus sios air na sràidean, agus dheanainn daoin' a thearnadh air an doigh sin. Mar

leigeadh iad dhomh a dheanamh 'nuair a bha iad nan duisg, dheanainn e 'nuair a bha iad nan codal, ghabhainn innleachd air chor eigin air a dheanamh.

"Mur beirear duine a ris cha'n fheud e rioghachd Dhé fhaicinn." Mu tha duine sam bith an so a nochd a caidreamh dòchas sam bith eile—a togail air steidh sam bith eile, tha mi ag urnuigh ri Dia an dòchas sin a sguabadh bh'uaithe. Feudaidh tu 'bhi air do bhaisteadh do'n eaglais, gun thu bhi air do shuidheachadh ann an Criosd. Tha mi ag ràdh, riut na socruich do dhòchas air an stéidh sin.

Their cuid eile, tha sinn a dol chum Suipeir an Tighearna, tha sinn a gabhaíl na Sàcràmaid gu riaghailteach. An t'òrdugh beannaichte! Tha Iosa ag ràdh co minic agus a ni sibh e gum bheil sibh a nochdadh a mach a bhàis. Gidheadh cha'n e sin duine bhi air a bhreith a ris; cha'n e sin a dhol thairis o bhàs gu beatha. Tha Iosa ag ràdh gu soilleir, cho soilleir nach ruigear a leas teagamh a bhi uime—"Mar a beirear duine o'n Spiorad, cha'n urrainn e dol a steach do rioghachd Dhé." Cha'n e sin an t' Sàcràmaid a ghabhail. Cha'n e sin duine a dhol do'n eaglais. Cha'n e sin duine a dhol troimh bhriathran urnuigh. Tha mi ris ag ràdh nach e sin duine bhi air a bhreith a ris. Cha'n e sin duine bhi air a bhreith o'n Spiorad.

Is ceisd ro shòluimte i tha teachd fa'r comhair, agus b'fhearr gun cuireadh gach neach i gu dùrachdach is gu dileas ris fein. "An deachaidh mise tre'n Ath-Bhreith?" "An robh mise air mo bhreith o'n Spiorad?" "An deachaidh mise thairis o bhàs gu beatha?" Tha daoin ann a their gum bheil na Coinneamhan so maith air son cuid do sheorsachan sluaigh, gum bitheadh e 'na ni maith' nam faighte am misgear, am fear foreigne, is droch dhaoin eile an so, gun deanadh sin moran feum. Tha daoine aig am bheil feum a bhi air an iompachadh a dh' fheudadh a ràdh, "Co ris a thubhairt Criosd so? Co b'e Nicodemus? An robh e na mhìsgear, no na mheirleach?" Cha robh. Bha e am measg nan daoine bu chliutiche ann an Ierusalem; cha'n eil teagamh dheth sin. Bha e na Chomhairliche urramach, ann an tigh ard-chomhairle na riogh achd, bha mòran eolais aige, agus bha beachdan fallain aige. Nan robh e beo an diugh chuireadh iad e 'na Phresident aun an Tigh-fòghluim, chuireadh iad an t'

Urramach air thoiseach air ainm, theireadh iad ris, an t' Urramach Nicodemus, D.D., agus feudaidh e bhith L.L.D., a bharrachd. Agus gidheadh ciod e a thubhairt Criosd ris? "Mar a beirear duine a ris, cha'n urrainn dha rioghachd Dhé fhaicinn."

Ann san ochdamh caibdeal tha eiseimpleir againn air feinfhireantachd far am bheil na Phairisich a labhairt ri Iosa. Tha, ma ta, Phairisich ann an diugh, a tha cur am muinghinn nan toillteanas agus nam maitheas féin. Their iad ruibh tha na Coinneamhan sin gle mhaith air son Striopaichean, agus eucoraich, tha iad gle mhaith air son daoine mi-bheusach, ach tha sinne beusach. Tha iad dhe'n bheachd, 'nuair a thubhairt Iosa."—"Is eigin duibh bhi air ar breith a ris," gun robh cuid eile aige san amharc ach nach b'iadsan. Smuainichibh gum feudadh so tachairt, duine bhi faicinu Eoin gràdhach a falbh sràidean Ierusalem, agus gun abradh e ris, Choinnich mi ri'd mhaighstir an d'raoir. Chaidh mi dha fhaicinn." Theireadh Eoin, ciod am beachd a ghabh thu dheth? Is dòcha gum freagradh e," Cha do choinnich mi riabh fad mo bheatha ri leithid do dhuine, cha chuala mi riabh duine a labhairt cosmhuil ris. Tha na briathran a thubhairt e rium a seirm na'm chluasan fathast. Dh' innis e dhomh gun do "ghradhaich Dia an Saoghal air a leithid do dhoigh, agus gun d'thug e Aon-ghin Mhic féin, chum agus ge be neach a chreideadh ann nach sgriosar e, ach gum biodh a bheatha shiorruidh aige." Eoin am bheil do Mhaighstir a ghnath a labhairt air a mhodh so. Agus fhreagair Eoin, tha, is ann mar so tha e a ghnàth a labhairt. Cha di-chuimhuich an duine so gu bràth a chomhluadar ri Iosa. Fhuaradh le Criosd san dorcha e, threoraicheadh chum na slighe cheirt e, leanaidh e air gluasad san t'slighe sin, agus ni e tuilleadh, na's urrainn e air son Iosa. Faic Nicodemus, maille ri Ioseph o Arimatea thug e nuas corp Iosa o'n chrann cheusaidh, agus thug e leis e. Sheas e taobh Chriosd gus a chrioch. Cha b'aithne dhomh duine riabh aig an robh co-chomunn ri Iosa nach do lean air fantuinn maille ris. Cuir thusa, tha mi guidheadh ort romhad, gun iarr thu E. agus gun lean thu E. gus am bi co-chomunn agad ris, oir cha do labhair duine riabh mar an Duine so. Is e so an Duine air am bheil na h'uile cur feum.

Ach tha mi'n dùil gun cluinn mi neach eigin ag ràdh. "Ma's e sin an Ath-Bhreith a theachd orm, ciod tha mi gu dheanamh? Cha'n urrainn dhomhsa beatha a chruthachadh." Is cinnteach nach urrainn dhomhsa mi fein a shaoradh. Is cinnteach nach urrainn duit, agus cha'n eil sinne ag ràdh gur urrainn. Tha sinn ag innseadh dhuit gu'iu bheil e do-dheanta duine atharrachadh gun Chriosd, ach is e sin tha daoine feuchaiun ri dheanamh, mir nuadh a chur ri seann eudach nàduir. Feumaidh Cruthachadh nuadh bhi air a dheanamh. Tha an Ath-Bhreith, na cruthachadh, 'se sin obair Dhia. Ann sa cheud caibdeal do leabhar Genesis cha'n fhaicear làmh duine ag obair, Cha'n fhaicear aun an sin, ach làmh Dhé a mhain. Cha'n eil iomradh air an duine mur a cuideachadh, no comhpairt a bhi aige san obair. 'Nuair a chruthaich Dìa an saoghal, rinn e sin na aonar. 'Nuair a chriochnaich Dìa obair na saorsa, bha e na aonar san obair. "An nì sin ta air a bhreith o'n fheoil is feoil e; agus an nì sin ta air a bhreith o'n Spiorad is Spiorad e." Cha'n urrainn do'n Etiopach a chraicionn atharrachadh, na do'n leopard a spótan. 'Nuair a bha mi ann au Sasunn thubhairt mo nighean bheag rium. "Athair, ca'rson nach eil na daoine dutha sin gan nigheadh fein geal?" Bhitheadh e an t'aon ni dhuitsa feuchainn ri thu fein atharrachadh gun chuideachadh o Dhia. Tha thu co comasach air sin a dheanamh agus a tha e do'n duine dhuth a chraicionn a nìgheadh gu chuir geal. Tha e cho maith do dhuine feuchainn ri leum thairis air a ghealaich, agus ri seirbhis thaitnich a dheanamh do Dhia fo riaghladh na feola. Tha uime sin an ni tha air a bhreith o'n fheoil na feoil, agus an ni sin tha air a bhreith o'n Spiorad na Spiorad.

A nis tha Dia ag innseadh dhuinn sa chaibdeal so, ciamar tha sinn gu faotainn a steach da Rioghachd. Cha'n fhaigh sinn a stigh air bonn ar n'oibribh, cha'n e nach fiach sàbhaladh an anama oibreachadh air a shon. Tha sinn ag aideachadh gur a fiach, ged a bhiodh aimhnichean agus beanntaibh san rathad, b'fhiach dhuinn na h'aimhnichean a shnàmh agus na beanntaichaibh a dhìreadh. Cha'n eil teagamh nach eil sàbhaladh an anama airidh air uile oidhirp dhaoine, ach cha ruig sinn air, le ar n'oidhirpean fein. "Is ann do'n ti nach dean obair, ach a ta creidsinn" (Rom. iv. 5.) Tha sinn a deanamh obair a chionn agus

gun deachaidh ar saoradh; cha'n ann 'chum agus gum biomaid air ar saoradh. Tha sinn ag obair mar mhuinntir a thàinig chum a Chroinn-Cheusaidh, cha'n ann mar mhuinntir tha ag iarraidh chum a Chroinn-Cheusaidh. Tha e sgriobhta (Phil ii. 12) "làn oibrichibh bhur slàinte fein le h-eagal agus ball-chrith." Feumaidh tu do shlàinte bhi agad mu'n oibrich thu mach i. Ma their mise ri mo ghiullan beag "caith na ceud dollair sin gu cùramach," their esan rium, "thugaibh dhomh ma na ceud dollair, agus caithidh mi iad le cùram." Feumaidh sibh slàinte a bhi agaibh mu'n oibrich sibh a mach i."

Tha slàinte dhasan nach dean obair, ach a ta creidsinn. 'Nuair a dh'eigh Criosd a mach air Calbhari—"Tha e criochnaichte" thubhairt e so, chum agus gun creideamaid gun d'rinn E an ni a thubhairt E. 'Se tha air iarraidh o dhaoine a nis gun gabhadh iad obair Chriosd mar shaor-thiodhlacadh. Cha'n eil dòchas ann air son duine no bean, am feadh is a tha iad a feuchainn ri slainte a chosnadh le'n oidhirpean fein. Is urrainn dhomh smuaineachadh gum bheil iad ann an so, a their mar is cosmhuil a thubhairt am Phairiseach ud, le gruaim air a ghnuis "Cia-mar is urrainn do na nithibh so a bhith? Tha e ga mheas na ni neonach. "Air a bhreith a rìs?" "Air a bhreith o'n Spiorad?" Ciamar is urrainn do na nithibh sin a bhith? Their mòran, rensonaich an gnothuch dhuinne, ach mar a minich thu e le reusonachadh, na iarr oirnne gu'n creid sinn e. Feudaidh gu'm bheil moran san eisdeachd ann an so a nochd a smuaineachadh mar sin. 'Nuair tha thu ag iarraidh orm an gnothuch a mhineachadh le reusonachadh tha mi ag innseadh dhuit gu saor nach urrainn domh sin a dheanamh. "Tha a ghaoth a seideadh far an àill leatha, agus tha thu a cluinntinn a fuaim, ach cha'n eil fhios agad cia as a tha i teachd, no c'ait a tha i dol: is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad" (Eoin iii. 8). Cha'n eil mise a tuigsinn na h'uile ni mu'n ghaoith. Tha thu ag iarraidh orm an gnothuch a reusonachadh. Cha'n urrainn dhomh. Tha gaoth 'deas againne a nis; shuas aig Boston, feudaidh gu'm bheil i seideadh o thuath. Ma theid mi an aird san athar ceud troidh, feudaidh gu'm faigh mi a ghaoth ceart an aghaidh na gaoithe tha againn bhos ann an so. Tha thu ag iarraidh orm laghan na gaoithe a

mhìneachadh, ach a chionn agus nach urrainn domh am mineachadh, agus nach 'eil mi ga'n tuigsinn, nan abrainn "Cha'n eil a leithid do ni agus gaoth ann," cha'n eil teagamh nach abradh an nighhean bheag a chi mi shuas ann an sin. "Tha mise tuigsinn an ni ni's fearr na'n duine sin. Is tric a chuala mi a ghaoth, agus a sheid i na'm eudan. Nach fhaca mi i a leagadh nan craobhan sa choille, agus a sgapadh an arbhair air an raon?"

Mo chairdean bhitheadh e cho maith innseadh dhomhsa a nochd nach eil a leithid do ni agus gaoth ann, is innseadh dhomh nach eil a leithid do ni ann agus duine bhi air a bhreith o'n Spiorad. Mhothaich mi Spiorad Dhé ag oibreachadh a'm chridhe, cho cinnteach agus a mhothaich mi a ghaoth a seideadh a'm eudan. Cha'n urrainn dhomh an gnothuch a reusonachadh. Tha mòran do nithibh ann nach urrainear a reusonachadh, a dh' fheumas mi a chreidsinn. Cha'n urrainn dhomh obair a chruthachaidh a reusonachadh. Tha mi faicìnn an t'saoghail, ach cha'n urrainn dhomh innseadh cia mar a rinn Dia e a neo-ni. Tha mòran do nithibh ann a dh' fheumas mi a chreidsinn nach urrainn domh a mhineachadh. Bha aireamh do dhaoin' òga dol do'n dùthaich agus chuir iad rompa air an turus nach creideadh iad ni sam bith nach robh iad a làn thuigsinn. Chuala seann duine a chainnt bha aca, agus thubhairt e riu. Chuala mi sibh ag ràdh nach creideadh sibh ni sam bith gun a thuigsinn gu slàn. Fhreagair iad, "sin am beachd gam bheil sìnn." Thubhairt esan i's e freagairt, air mo thurus an diugh chunnaic mi geoidh, caoraich, mucan agus crodh ag itheadh an fheoir. An urrainn duibh innseadh dhomh am modh anns an robh an t'aon fheur air atharrachadh gu bhi na iteagaibh, ann an cuid dhiubh sud, na fhionnadh ann an cuid eile, na bhiorraibh ann an cuid dhiubh, agus na oluinn ann an càch. Am bheil sibh a creidsinn gur ann mar so a tha?" "Tha sinn a creidsinn" fhreagair iad cha'n urrainn duiun gun a chreidsinn ged nach eil sinn ga thuigsinn." Ma ta ars an seann duine, "cha'n urrainn domhsa gun a bhi creidsinn ann an Iosa Criosd." Agus cha'n urrainn domhsa gun a bhi creidsinn san Ath-Bhreith 'nuair tha mi faicinn daoine air an atharrachadh, 'nuair tha mi ga'm faicinn nan daoine nuadh. Nach eil sibh a faicinn cuid do na daoine bu mheasa sa bhaile nan daoin' eile, an cosan air an spiònadh as an t'slochd, agus air an

cuir air a Charraig, le òran nuadh 'nam beul. Bha an teanganna cleachdta ri mallachadh agus toibheum, tha iad a nis aìr an cleachdadh ann a bhi moladh Dhé. Tha seann nithibh air dol seachad, tha na h'uile nithibh nuadh; cha'n e mhain gu'm bheil iad air an ath-leasachadh, ach tha iad air an ath-bhreith; tha iad nan daoine nuadh 'ann an Iosa Criosd.

Faicibh shios ann an sin ann an aon do chùl-shràidibh New York, tha misgear bochd. Tha mi smuaineachadh ma's maith leibh a theachd dlùth do dh'ifrinn, gu'r còir dhuibh a dhol gu dachaidh misgear bochd. Faicibh an eigin is a bhochduinn tha rioghachadh ann an sin. Tha ceum air a chluinntinn aig an dorus, agus tha a chlann a teicheadh agus ga'm foluch fèin. Tha a bhean fhoighidneach a feitheamh chum an duine a choinneachadh. Bha e riamh dhith 'na shàruchadh. Is tric a ghiulain i fad sheachduinean làrach a dhuirn. Is tric a thàinig a dhorn a nuas le uile neart air a ceann gu'n ni g'a dion. Agus tha i 'nis a feitheamh ri a mhionnan a chluinntinn, agus laimhseachadh brùideil fhaotaiun bh' uaith. Tha e teachd a stigh agus ag ràdh rithe, "Bha mi aig a Choinneamh, agus chuala mi ann an sin, gu'm feud eadhon mise bhi air m' iompachadh. Tha mi creidsinn gu'm bheil Dìa comasach aìr mo thearnadh." Rach sios chum an tighe sin an ceann beagan sheachduinean, agus cia mòr an t'atharrachadh! Mar a tha thu 'teachd dlùth tha thu cluinntinn neach eigin a seinn, cha'n e òran fear na pòite ach an t'seann laoidh mhaith sin, "A charraig nan àl, air mo shons' chaidh do sgoltadh. Is teicheam a'd ionnsuidh, gun dàil." Cha'n eil eagal air a chlann nis fhaide ro'n athair, ach tha iad a cruinneachadh m'a ghlùn. Tha a bhean lainh ris, agus solus aoibhneach 'na gnuis. Faic ann an sin toradh na h-'Ath-Bhreith. Tha iomadh dachaidh cosmhuil ris a so, dh' ionnsuidh an urrainn dhomh do thabhairt, dachaidhean air an deanamh sona le cumhachd ath-nuadhachaidh soisgeul Chriosd. 'Se an ni air am bheìl daoine 'cuir feum comas cuir an aghaidh buairidh, comas beatha cheart a chaitheamh.

'Se an aon rathad air a dhol a stigh do rioghachd Dhé, sinn bhi air ar breith a steach innte. Nan d'thigeadh an t'Ard-Aingeal Gàbriel an so a nochd agus cothrom a thoirt dhuinn 'ar n'uile iarrtus innseadh dha, cha b'urrainn da rathad ni b'fhearr air a dhol a steach do Rioghachd Dhè a

chuir an ceill dhuinn na tre'n Ath-Bhreith. Tha Criosd air slàinte a dheanamh ullamh air 'ar son, agus cha'n eil air iarraidh oirnne ach gabhail rithe. Gun deonuicheadh Dia sinne a ghleidheadh o a diultadh. Tha lagh san duthaich so (States America) tha toirmeasg duine sam bith, bhi na Phresident ach duine rugadh ann san dùthaich. 'Nuair a thig coigrich chum 'ar tir, cha'n eil còir aca gearan a dheanamh air an lagh so. Agus nach eil còir aig Dia lagh a dheanamh gu'm feum iadsan uile a bhitheas nan oighreach an air a bheatha shiorruidh a bhi air am breith a stigh d'a rioghachd. B'fhearr le duine neo-iompaichte bhi ann an ifrinn no a bhi ann an neamh. Gabh duine aig am bheil a chridhe làn do thruaillidheachd agus do dh'olc, agus cuir e ann an neamh ann am measg na muinntir ghlan, agus naomha agus shaoirte, agus cha'n iarradh e fantuinn ànn an sin. A chairdean ma tha sinne gu bhi sona ann an neamh feumaidh sinn tòiseachadh air neamh a bhi againn a bhos air an talamh. Tha neamh na àite ulluichte air son sluagh ulluichte. Nam biodh duine encorach no fear toibheum air a thabhairt bharr sraidean New York, agus air a chur air an fhairge ghloinne fuidh sgàil craoibh na 'beatha, theireadh e, "Cha'n eil mi ag iarraidh fantuinn ann an so." Nam biodh daoine air an tabhairt do neamh direach mar a tha iad a thaobh nàduir gun a bhi air an Ath-Bhreith, bhitheadh ceannairc a ris ann an sin. Tha neamh air a lìonadh le cuideachd na muinntir a bha air am breith da uair. 'Nuair a rugadh mise sa bhliadhua 1837, fhuair mi mo sheann nàdur o Adhamh, agus 'nuair a rugadh mi a ris 'sa bhliadhua 1856, bha nàdur nuadh air a phairteachadh rium. Cha'n urrainn dhuit seirbhis a dheanamh do Dhia gu ceart, gus am bi thu an toiseach air do bhreith a ris. Mu tha tigh air a thogail air a ghainneamh tuitidh e; ach ma tha e air a steidheachadh air a charraig tha e seasamh daingean dh'aindeoin gaoth is tonn. Cha sheas 'ar creideamh gu buan mar eil e air a steidheachadh air Criosd. Feudaidh sinn imeachd feadh an t'saoghail, agus mòran dhùth-channan fhaicinn, ach tha aon dùthaich, dùthaich Bheulah a chunnaic Iain Bunìan ann an taisbeanadh nach fhaic sinn gu bràth mar bi sinn air ar breith a ris, air ar breith o Chriosd. Feudaidh sinn amharc timchioll oirnn agus moran chraobhan maiseach fhaicinn, ach cha'n amhairc sinn gu

bràth air craoibh na beatha mar bi 'ar suilean air an deanamh soilleir tre chreidimh air an t'Slannighear. Cha'n fhaic sibh gu bráth Rioghachd Dhé mar a bi sibh air ar breith a ris. Feudaidh sibh righrean agus daoine mòra na talmhainn fhaicinn ach cha'n fhaic sibh gu bràth mar ar Dià-sa Righ nan righrean agus Tighearna nan tighearnan, mar bi sibh air ar breith a ris. 'Nuair tha sibh ann au Lunnuinn feudaidh gun d'theid sibh chum an Tùir agus gu'm faic sibh crùn Shassuinn, is fhiach miltean do dh'airgiod, agus tha air a chumail tearainte le freiceadean do shaighdearan, ach cuimhnich nach socruich 'ur sùil gu bràth air crùn na beatha, mar bi sibh air ur breith a ris. Feudaidh sibh a thighinn dh'ionnsuidh nan Coinneamhan so, agus òrain Shioin a chluinntinn air an seinn, ach tha aon òran ann, òran Mhaois agus an Uain nach cluinn a chluas neo-thimchioll ghearrta gu bràth, cha dean binneas an òrain sin sona ach iadsan a mhàin tha air am breith a ris. Feudaidh sibh amharc aìr aitreabhan maiseach na dutcha so, ach cha'n amhairc sibh gu bràth air na h'ionadaibh comhnuidh chaidh Criosd a dh'ulluchadh air son a shluaigh mar bi sibh air ur breith a ris. Is e Dia tha ag radh so. Feudaidh sibh deich mile do nithibh maiseach fhaicinn anus an t' saoghal so, acn a chathair dhe'n d'fhuair Abraham sealladh, agus bho'n am sin a mach, bha e na choigreach agus na fhear-cuairt, cha'n fhaic sibh gu bràth mar bi sibh air ar breith a ris (Eabh xi. 8-13-16). Feudaidh mòran dhibh cuireadh fhaotainn gu cuirmean bainnse san t'saoghal, ach cha shuidh sibh gu bràth aig suipeir bhainnse an Uain, mar bi sibh air 'ar breith a ris. Is E Dia tha ga ràdh, a chairdean ionnmhuinn.

Feudaìdh mi bhi labhairt ri duin òg no ri bean uasal òg a sheas bho chionn ghoirid laimh ri leabaidh bàis am màthar, agus feudaidh gu'n d'thubhairt i, Bi cinnteach mis' a choinneachadh far am bheil glòir shiorruidh' agus gheall thu gu'n iarradh tu sin a dheanamh. Cuimhnich cha choinnich thu gu bràth i mar bi thu air do bhreith a ris. Co sam bith sibh aig am bheil cairdeam, tha ann an gloir, bràithrean no peathraichean no clànn, cha choinnich sibh riu gu bràth tuilleadh mar bi sibh air ar breith a ris. Tha ar Bràthair is sìne thall ann an sud. Tha dlùth air naoi ceud deug bliadhua o'n a chaidh e 'nùll, agus o chladaichean na glòire

tha e ga'r gairm dha ionnsuidh. Tionndaidheamaid 'ar cùl ris an t'saoghal. Thugamaid cluas bhodhar do'n t'saoghal. Bitheadh 'ar cridhe ann an Rioghachd Dhé leis an èigh. "Beatha! Beatha! Beatha Shiorruidh!"

Bitheadh 'ar n'urnuigh ri Dia gun e cheadachadh do dh'aon anam a dhol a mach as an tigh so a nochd, gun e bhi air a bhreith a ris!



AN FHUIL.

I.—AN SEANN TIOMNADH.

"Oir is i'n fhuil a ni réite air son an anama."—LEBHITICUS xvii. 2.

BU chòir do na h'uile 'bhi comasach air aobhar a thabhairt ar son an dòchais tha annta; agus cha'n eil mi creidsinn gur beò an duine is urrainn aobhar a thabhairt air son a dhòchais an taobh thall do'n uaigh, a tha na choigreach do'n Fhuil. Tha 'ar ag innseadh dhomh gu'm bheil mi deanamh rathad na slàinte ro fhurasda, agus gur amaideas a ràdh gu'm bheil daoin' air an saoradh le iad an dòchas a chuir ann am fuil na réite. A nis cha'n eil mi ag iarraidh gu'n creideadh duine sam bith ni tha mis' ag ràdh mar eil e reir na firinn; agus is e an dòigh is fearr gun amhairc sinn a stigh sa Bhiobul agus gu'm faic sinn ciod tha focal Dhé a teagasg dhuinn ma'n ni so.

Is i a cheud chuibhrionn do fhocal Dhé chum an gairm mi 'ar n'aire a gheibh sibh ann an ceud leabhar a Bhiobuil. Tha sinn a leughadh ann an Genesis iii. 21. "Agus rinn an Tighearna Dia do Adhamh agus d'a mhnaoi còtaichean croicinn, agus chòmhdaich e iad." Tha sinn a faotainn san earrann so a cheud sealladh do'n fhuil. Tha e na ni cinnteach nach d'rinn Dia Adhamh agus Eubha a sgeadachadh le croicinnibh bheathaichean gu'n fhuil 'bhi air a dortadh. Agus tha i dhomhsa na smuain mhilis gu'n robh peacadh air fholach mu'n robh Adhamh air fhuadach a mach o Eden,—gun do bhuin Dia ris ann an rathad gràis mu'n do bhuin e ris ann am breitheanas. Feudaidh gun robh so na shamhladh eadhon ann an Eden air Criosd an neach a bha gu teachd, air an iobairt bha gu bhi air a tabhairt suas; agus dh' fheudadh Adhamh a ràdh ri 'mhnaoi, "Ged tha Dia ga'r fuadach a mach a Eden tha e ga'r gràdhachadh, agus tha an còta so 'na chomharradh dhuinn air a ghràdh." Thuirt neach eigin, "Chuir Dia lòchran a gheallaidh 'na làimh mu'n d'fhuadaich e mach e." "Bruthaidh siol na mnatha ceann na nathrach." An do smuainich thu riabh ciod cho eagalach an ni nam

bitheadh e air a cheadachadh do Adhamh a bhi beo gu bràth 'na staid chaillte agus mhillte. Is ann o ghràdh do Adhamh a dh' fhuadaich Dia e a mach o Eden, chum agus nach bitheadh e beo gu bràth. Chuir Dia Cheruban ann an sin, le claidheamh lasarach. Ach a nis tha Criosd air teachd, agus ghabh e an claidheamh 'na uchd fein, agus dh' fhosgail e na geataichean gu farsuing, chum agus gun d'thig daoin' a steach agus gun ith iad. Dh' fheudadh Adhamh a bhi ann an Eden deich mile bliadhna, agus a bhi ann an sin air a thoirt a thaobh le Satan; "ach a nis tha 'ar beatha folaichte maille ri Criosd, ann an Dia." Tha e mar sin, gu'm bheil an duine ni's tearuinte leis an dara h'Adhamh a mach o Eden, na bha e leis a cheud Adhamh ann an Eden.

Tionndaidheamaid a nis chum Genesis iv. 4, 5, "Agus thug Abel mar an ceudna do cheud-ghinibh a thréid agus d'an sàill, agus bha meas aig an Tighearna air Abel, agus air a thabhartas. Ach air Cain, agus air a thabhartas cha robh meas aige. Agus bha Cain fuidh throm fheirg, agus thuit a ghnuis." Tha againn ann an so da bhaláchan a rugadh 'sa thogadh an taobh a muigh do dh' Eden. B'iad clann nan aon phàrantan iad, thogadh iad ann an seilbh air na h'aon chothroman agus cha'n eil iomradh air a dheanamh air eadar —dhealachadh sam bith, bhi eatorra gus an d'thainig iad a thoirt suas iobairt do Dhia. Tha Abel a toirt fuil leis; agus ghabh Dia ris; tha Cain a teachd 'na dhoigh fein, agus tha e air a dhiultadh. Cha'n eil teagamh 'nuair a thuit 'ar ceud sinnsirribh nach do chomharraich Dia a nach slighe an teachd am fagus d'a ionnsuidh, ghluais Abel ann an slighe Dhé, ghluais Cain 'na shlighe féin. Cha'n eil fios nach dubhairt Cain nach b' urrainn dhasan sealladh do dh' fuil fhulang, agus ghabh e an ni a mhallaich Dia, agus chuir e air an altair e. Cha'n eil fios nach dubhairt e ris fein. "Is ni cinnteach nach toir mise uan fuilteach leam. Cha toigh leam an teagasg a bheireadh mi gu sin a dheanamh. Faic an siol agus am meas maiseach a thog mi le'm dhichioll féin, agus is cinnteach mi gu'r maith tha e ag amharc seach fuil." Agus tha mòran do luchd leannmhuinn aig Càin an diugh san eaglais. Tha iad a feuchainn ri faotainn do na flaitheas na'n rathad fein. Tha iad a toirt an gniomharan maithe fein a dh'ionnsuidh Dhé. Is fearr leo an ni tha taitneach do'n t'suil, mar a roghnaich Càin an t'arbhar agus am meas

maiseach, ach cha'n eil meas aca air teagasg Fuil na Rèite. Bho'n uair a dh' fhàg Adhamh Eden tha luchd leannmhuinn aig Càin agus aig Abel san t'saoghal. Tha clann Abeil a teachd rathad na fola, tha clann Chàin a teachd 'nan rathad fein. Tha iad ag iarraidh gu'n ghnothuch 'bhi aca ri teagasg na fola. Ach bithibh cinnteach gu'm bheil gach aideachadh air diadhachd a tha cuir suarach na fola o'n diabhul. Is coma leam ciod cho labhrach is tha teanga duine ma tha e searmonachadh an aghaidh na fola, tha e deanamh obair an diabhuil. Na eisdibh ris. Na creidibh e. Nan searmoinaicheadh aingeal o neamh soisgeul eile cha chreidinn e. Bhàsaich Criosd air son 'ar peacanna, 'sè sin an soisgeul a shearmonaich Pòl, a shearmonaich Peadar, agus air an do chuir Dia riamh urram ann an sàbhaladh anamaibh dhaoine.

Tha sinn a faotainn an ath shealladh do'n fhuil ann an Genesis viii. 20. "Agus thog Noah altair do'n Tighearna, agus ghabh e do gach ainmhidh glan, agus do gach eun glan, agus thug e suas tabhartais loisgte air an altair." Tha sinn air a dhol thairis air a cheud fhrithealadh, agus air a thighinn a dh' ionnsuidh an dara frithealaidh, agus 'se a cheud ni a gheibh sinn Noah a deanamh, tha e cuir na fola eadar e fein 'sa pheacanna. Tha an dara frithealadh air a steidheachadh ann am fuil. Tha Noah mar so a gluasad air rathad mòr na fola; air son an aobhair so, bha na h'ainmhidhean air an toirt tre'n tuil; agus tha o'n latha sin uile shluagh Dhè ag imeachd air slighe na fola; oir is i an fhuil tha a deanamh reite air son peacaidh.

Tionndaidhibh a nis chum Genesis xxii. 13. "Agus thog Abraham suas a shuilean agus dh' amhairc e, agus feuch reithe air a chùlaobh a sàs ann am preas air 'adhaircean: agus chaidh Abraham, agus ghabh e an reithe, agus thug e suas e mar thabhartas loisgte an àit a mhic." Ghràdhaich Dia Abraham agus chaomhain e a mhac, ach is ànn mar sin a ghràdhaich e an saoghal, nach do chaomhain e a Mhac fein, ach thug e thairis e air 'ar son-ne uile." Tha e air innseadh dhuinn gu'm faca Abraham latha Chriosd, agus gu'n d' rinn e gairdeachas. Cha'n eil e air innseadh dhuinn c'uin' a chunnaic e an latha ud, ach feudaidh gur ann aig an àm so gu sonruichte a thug Dia dha sealladh do Chriosd mar Fhearglulain peacaidh. Amhairc air an ni bha tachairt. Tha an altair an sin, air a togail le ordugh Dhé. Dh'àithn Dia dha

a mhac a ghabhail,—aon mhac a ghràdhaich e, agus a cheangal is a mharbhadh. Cheangail e a mhac, tha na h'uile ni ullamh agus tha e 'nis a gabhail na sgionna chum a mharbhadh. Cha'n eil e tuigsinn gu maith c'arson a dh' fheumas e a dheanamh, ach dh'àithn Dia dha e, agus tha esan a toirt umhlachd. B'fhearr gu'n robh daoin' againn an diugh cosmhuil ri Abraham a bhiodh toileach ùmhlachd a thoirt do Dhia san dorcha, gun a bhi cuir na ceisde c'arson. Is urrainn domh fhaicinn cuir a laimh timchioll air a mhac, ga tharruing gu mhuineal, agus a gul os a chionn. Is urrainn domh a chluinntinn ag innseadh dha ni a chléith e air roimhe, a bha e ùin' fhada gun innseadh dha. Nach b'iongantach an sealladh e! Nach bu chruaidh an gleachd e! Tha 'e nis ullamh air an sgian a chur troimh cridhe a mhic. Ach eisdibh! tha guth a teachd as na flaitheas—"Abrahaim, Abrahaim caomhain do mhac." Ah! Cha robh guth air a chluinntinn aig Calbhari, cha d'thainig eigh o neamh a thubhairt—"Caomhain do Mhac." Thug e thairis E gu saor air ar son-ne uile, an Neo-chiontach air-son nan ciontach, —am Firean air son nan neo-fhirean.

Tionndaidhibh a nis gu Exodus xii.—aon do na caibdealan is cudthromaiche san t'Seann Tiomnadh. Aig an treas rànn deug tha sinn a leughadh "Agus bithidh an fhuil dhuibh mar chomharadh air na tighibh anns am bheil sibh; agus an uair a chi mise an fhuil théid mi thairis oirbh, agus cha bhi a phlàigh oirbh a chum bhur milleadh 'nuair a bhuaileas mi tir na h-Eiphit." Cha d'thubhairt Dia—Nuair a chi mi 'ar n'oibre maithe mar a rinn sibh urnuigh, mar a ghuil sibh, mar a rinn sibh osnaich, gabhaidh mi thairis oirbh, cha'n e sin ach "'nuair a chi mi an fhuil." Cha b'iad an rùintean maithe, an deoir, an urnuighean an oibribh, a shaor na daoin' ud ann san Eiphit, ach an Fhuil. Ciod a bha iad gu dheanamh chum a bhi air an saoradh? Bha iad gus an fhuil a chur air na h'ursainnibh is air an àrd-dorus. Cha'n fheudadh iad a cur air an stairsnich. Cha cheadaicheadh Dia dhoibh gu'n saltradh iad air an fhuil. Ach is e sin tha an saoghal a deanamh an diugh. Their cuid, cha'n e bàs Chriosd, ach a bheatha. Ach cha d'thubhairt Dia—"Gabh uan geal gun smal agus cuir ann an sin e, f'a chomhair an doruis agus 'nuair a chi mise an t'uan gabhaidh mi thairis oirbh." Nan robh Israelach air sin a dheanamh

ghabhadh aingeal a bhàis seachad air an uan; rachadh e steach do'n tigh, agus leagadh e a làmh fhuar air a cheud ghin. Cha chumadh uan beò am bàs a muigh air an oidhch' ud. Tha e cosmhuil gu leoir 'nuair a chaidh cuid do na tighearnan agus do na diucan a marcachd triomh fhearann Ghoshein, agus a chunnaic iad na h'Israelaich a crathadh na fola air an tighibh, gu'n d'thubhairt iad nach fhac iad riamh amaideas cosmhuil ris a sud. Is docha gu'n do smuainich iad gu'n robh na daoin' ud direach a millcadh nan tighean. Bha fuil air gach tigh. Cha b'urrainn do dh' Eiphiteach air bith an ni bha ann a thuigsinn. Ach air an oidhche ud a bha ri chuimhneachadh 'nuair a thainig am Bàs a steach do na h'uile tigh o lùchairt an righ gu bothan an duine bhochd, 'nuair a bha glaodh a bhròin air a chluinntinn san dùthaich amhgharaich uile, is i an Fhuil a ghléidh dachaidhean Ghòshein ann an tearuinteachd. Seadh, is i an fhuil a ni 'ar peacanna fholuch. Tha mi a guidheadh oirbh na leigibh leis an t'saoghal ar gluasad o'n fhirinn sc. Rachadh iad air an aghaidh a fanoid, a gàireachduinn, agus a cuir suarach fuil luachmhoir Mhic Dhé. Is i an fhuil 'ar n'aon tearmuin-ne, 'ar n'aon dòchas. Cha'n urrainn dhuinne peacadh fholach le 'ar deanadas maith féin. Chuala sinn e air a ràdh gu tric—"Nan robh mise cho maith ris an duin' ud tha searmoineachadh an t'soisgeil o chionn leth cheud bliadhna, no a mhàthair ud ann an Israeil a bha frithealadh do mhuinntir thinn, agus caoimhneil do na bochdaibh, mheasainn mi fein cinnteach a dhol do fhlaitheas. Ach tha mi air son a ràdh mu tha d'fhasgadh agad fo dhion fola Mhic Dhé, tha thu cho tearuinte ri neach sam bith do na naoimh a choisich riabh air aghaidh na talmhainn. Cha'n e beatha fhada do ghniomharaibh maithe a ni do shaoradh. Cha'n e sinn a bhi tarbhach mar Chriosduidhean a ni gu bràth 'ar moladh do Dhia. Is ni cinnteach gu'r còir dhuinn saoithreachadh air son Chriosd. Ach cha'n e sinn sàbhaladh. Is ni cinnteach gu'r còir dhuit gluasad a reir eiseimpleir naoimh agus cloinne Chriosd. Feumaidh so a bhi mar so m'a shaorar thu, ach feudar beatha Chriosd a shearmoineachadh gu bràth, agus ma dh'fh'àgar a bhàs as an t'sealladh cha bhi leis an teagasg sin anam gu bràth air a thearnadh. Eighidh cuid a mach, obair, obair, obair; s'e sin an rathad air slàinte fhaotainn. Tha sinn deich mile uair ag ràdh cha'n e. Tha thu faotainn

slàinte mar shaor thiodhlac. "Co sam bith leis an àill, gabhadh e." As deigh dhuit slàinte a ghabhail, oibrich mar is urrainn dhuit. "Làn oibrichibh àr slàinte fein." Ach bha sin air a ràdh ri Criosduidhean, ri muinntir a ghabh ris an t'slàinte. Gabhamaid ris an t'slàinte, agus is urrainn duinn an sin a "lan-oibreachadh." Tha sinn a gabhail ri slàinte mar shaor thiodhlac, agus tha sinn an sin, a toiseachadh air oibreachadh, oir cha'n urrainn duinn gu'n a bhi ag obair. Cha seas dhuinn obair a ni sinn mu'n gabh sinn ri slàinte. 'Nuair a thriall aingeal a bhàis tre'n dùthaich air an oidch' ud, bha na daoine beusach is na daoine mi-bheusach air an sgrios maraon. Thainig aingeal an leir-sgrios do na h'uile tigh air nach robh an fhuil air a crathadh. Ach far an robh an fhuil air a faicinn chaomhainn Dia, eadar iad a dheanamh moran obair, no gun obair idir a dheanamh. Bha an leanabh beag ann an aon do na tighibh so, air cho diblidh is dh'an robh e, cho tearuinte ri Maois, agus ri Aaron, ri Iosua is ri Caleb, cho tearuinte ri duine san dùthaich. Cha d'thubhairt Dia "'nuair a chi mi 'ar luchairtean àluinn, no 'ar tighean maiseach, no 'ar maitheas, no 'ar seirbhis, no 'ar creidimh," ach "'nuair a chi mi an fhuil, bithidh sin 'na chomharradh." Cha'n ann air an sgàth-san, ach air sgàth Chriosd, ghabh e seachad orra air an oidch'ud. Thubhairt neach eigin gu'n robh a chuileag bheag cho tearuinte ann an airc Noah is a bhà an t'elephant mòr. Is i an airc a rinn an saoradh le cheile. Agus tha an deisciobul lag air a shaoradh le Criosd, cho chinnteach ris an deisciobul làidir.

Tha iongantas air mòran c'arson tha iad cho lag, c'arson tha iad a tuiteam cho tric 'nuair a thig buaireadh, c'arson a tha cho beag do chumhachd spioradail aca. Tha mi smuaineachadh gu'm faigh sibh leasan ann sa chaibdeal sin fein aig an aon ànn deng. "Agus mar so ithidh sibh e; le'r leasruidh crioslaichte, bhur bròg an air bhur cosaibh agus bhur lorg 'nur làimh; agus ithidh sibh e le cabhaig; is i càisg an Tighearn a th' ann." Cha'n e mhain gu'n robh iad gus an t'uan a mharbhadh agus fhuil a chrathadh air na h' ursainnean, is air an àrd-dorus, ach bha iad gus an t'uan itheadh. Is ann mar sin tha neart spioradail ri fhaotainn. Is e an t'aobhar sinn a bhi 'nar Criosduidhean cho lag, nach 'eil sinn a beathachadh air an Uan. Tha turus an fhàsaich romhainn mar a bha roimh chlann Israeil, agus mar a

beathaich sinn air Criosd, fannaichidh sinn ann san t'slighe. Cha'n e mhain gu'm bheil sinn gu sealltuinn ris an fhuil air son tearuinteachd, ach tha sinn gu beathachadh air Criosd air son neart. Nach mòr feum an anama bhi air a bheathachadh! Latha as deigh latha feumaidh 'ar n'anamaibh beathachadh air a mhanna fholuichte. Feumaidh sinn am manna a thional as ùr gach aon latha, ann an raon an fhocail. Tha iad ànn 'tha rèir coslais a beathachadh air manna lobhta a fhuair iad o chionn mhiosan no bhliadhnachan 'nuair a bha iad air an iompachadh. Cha dean tràth spioradail ar cùmail suas air son deich bliadhna, ni's mo na ni tràth air son a chuirp. Ann san dara rànn tha sinn a leughadh "Bithidh am mios so dhuibh 'na thoiseach nam mios: bithidh e dhuibh na cheud mhiòs na bliadhna." Ré ceithir cheud bliadhna, bha iad a deanamh seirbhis do righ nan Eiphiteach ach cha cheadaicheadh Dia dhoibh na bliadhnaibh sin, a chuir san aireamh. Dh'fheumadh iad toiseachadh ùr a dheanamh. Tha mar sin na bliadhnaibh uile tha sinn a caitheamb ann an seirbhis an diabhuil air an call. Cha'n eil beatha ann am firinn a tòiseachadh gus am bheil fuil Chriosd air a crathadh oirnn.

Tionndaidhibh a nis gu Exodus xxix. 16. "Agus marbhaidh tu an reithe, agus gabhaidh tu fhuil, agus crathaidh tu i ma'n cuairt air an altair." B'àbhaist domh na briathran sin, agus mòran an ann leabhraichean an t'Seann Tiomnaidh a leughadh gu'n a bhi tuigsinn an ni 'bha mi a leughadh. Bha iad gus an fhuil a ghabhail agus a crathadh timchioll air an altair. Tha mi'n dùil gu'm bheil mi 'nis a tuigsinn so. Tha e teagasg nach eil dòigh air a theachd am fagus do Dhia ach tre'n fhuil. Bhà e mar sin 'sna h'uile linn. Dh' fheumadh eadhon Aaron an t'ard shagart an fhuil a ghabhail agus a crathadh timchioll air an altair, chum a theachd dlùth do Dhia, a teagasg dhuinn nach robh, is nach eil, is nach bi fagusgachd do Dhia ach tre'n fhuil.

Tha an ni ceudna air a thoirt a ris fa'r comhair ann san deicheamh rànn do'n deicheamh caibdeal thairis air an fhichead. "Agus ni Aaron réite air a h-adhaircibh aon uair sa' bhliadhna, le fuil iobairt pheacaidh na réite: aon uair sa bhliadhna ni e réite oirre, air feadh bhur ginealacha: tha i ro naomha do'n Tighearn." Tha réite a tabhairt dà phairtidh gu bhi nan aon, tha fuil Chriosd a tabhairt Dia agus

daoine gu bhi ann an rèite. Bithidh sinn a labhairt mu pheacanna a bhi air am maitheadh, tha iad air am maitheadh ach cha robh peacadh riabh air a mhaitheadh gu'n a bhi air a pheanasachadh. Bha peanas air a dheanamh air ann an Criosd; rinn Esan réite—"Neach a ghiulain e féin 'ar peacanna air a chrànn." Smuainich air na chosd e do Chriosd rèit' a dheanamh, Smuainich air na chosd e do Dhia aon-ghin Mhic a thoirt do'n bhàs.

Tionndaidhibh a nis gu Lebhiticus viii. 23. "Agus mharbh se e; agus ghabh Maois cuid d'a fhuil, agus chuir e i air bàrr cluaise deise Aaroin, agus air ordaig a làimhe deise agus air ordaig a choise deise." B'àbhaist do'n earrann sin a bhi duilich a thuigsinn leam. Ciod b'u chiall dith, fuil air a chluais, fuil air an laimh, fuil air a chois? Tha mi smuaineachadh gu'm bheil mi g'a tuigsinn a nis. Fuil air a chluais,—gun an fhuil cha'n urrainn do dhuine guth Dhé a chluinntinn. Cha'n urrainn do chluas neo-thimchioll ghearrta a ghuth-san a chluinntinn. Chuala daoine guth Dhé, agus thubhairt iad gu'n robh e ri tairneanach; cha b'aithne dhoibh an t'eadar-dhealachadh a dheanamh. Ach 'nuair tha an fhuil air a co-chur, aithnichidh daoine guth Dhé,—aithnichidh iad gur e so guth an Athair gràdhach air neamh. Fuil air an laimh chum is gu'n oibrich duine air son Dhé. Na daoine tha an dùil gu'm bheil iad ag oibreachadh air son Dhé, gu'n a bhi an uidheam na fola, tha iad a mealladh an anamaibh féin. Duisgidh iad là éigin gu a thuigsinn gu'm bheil an saothair an diomhain. Tha slàinte dhà-san nach eil a deanamh obair, ach a ta creidsinn. Cha'n urrainn do dhuine sam bith rioghachd Dhé a chosnadh le oibribh. Thubhairt iad ri Criosd,—"Ciod a ni sinn chum is gun oibrich sinn oibribh Dhe?" Feudaidh gu'n robh pòca nan daoin' ud làn airgid, agus gu'n robh iad toileach is ullamh eaglaisean a thogail leis. Ach is e a thubhairt Criosd riu.—"Is i so obair Dhé gun creid sibh anns an ti a chuir e uaith." Cha'n urrainn do dhuine no do bhean aon ni a dheanamh chum Dia a thoileachadh gus an creid iad 'na Mhac.

Tha mis' ag iarraidh air mo mhac Uilleam deoch an uisge a thoirt a'm ionnsuidh, agus tha esau a tairgseadh caochladh do nithibh dhomh an aite sin. Tha e tighinn le dearcan fiona, no le ubhlaibh ach cha ghabh mi sin uaithe; 'se uisge tha mi ag iarraidh. Agus feumaidh e an ni a thoilicheas

mise, agus cha'n e an ni a b'fhearr leis-san a thoirt a'm ionnsuidh. Agus mar sin, a chairdean chum Dia a thoileachadh feumaidh sibh umhlachd a thoirt dha, agus is e a cheud ni, tha e ag iarraidh oirnn a dheanamh sinn a chreidsinn ann san Tighearn' Iosa Criosd. "A's eugmhais creidimh cha'n eil e'n comas a thoileachadh." Thug e dhuinn Tiodhlaca do-labhairt,—Mac a bhroillich, agus ma chuireas sinn cùl ris a Mhac, agus ma dhiultas sinn esan a leantuinn, am bheil sibh an dùil gun toilich ni sam bith eil' esan.

Fuil air a chois,—chum is gu'n gluais sinn maille ri Dia. Cha do ghluais Dia leis na h'Israelich gus an robh an fhuil air a crathadh ann an Goshen. Agus 'nuair a bha, cha seasadh ni sam bith rompa. 'Nuair a thainig iad a dh'ionnsuidh na mara ruadh theich i rompa. Ann san fhàsach dh'fhosgail e a làmh, agus thug e dhoibh manna r'a itheadh. 'Nuair a thàinig iad gu Iordan choisich iad tre amar na h'aimhne mar tre thalamh tioram, do bhrigh gu'n robh an Tighearna Dia Uile-chumhachdach a gluasad maille riu. Is e sluagh a bha air an ceannach le fuil a thug Dia a stigh do thir Chanaain, tir a gheallaidh. Agus gluaisidh Dia maille ris gach duine tha air a ghlanadh san fhuil, agus cha'n urrainn do neach sam bith cuir na aghaidh-san.

Is urrainn domh smuaineachadh gun abradh duine,—"Cha'n eil mi fathast a tuigsinn c'arson tha Dia ag iarraidh fola." Thubhairt neach eigin riumsa,—"Tha fuath agam do 'ar Dia; tha ar Dia-sa ag iarraidh fola." Cha'n eil mise a creidsinn ann an leithid sin do Dhia, tha mo Dhia-sa tròcaireach do na h'uile; cha'n aithne dhomhsa 'ar Dia-sa. Ach ma thionndaidheas sibh chum Lebhiticus xvii 11, chi sibh an t'aobhar air son gu'm bheil Dia ag iarraidh fola—"Oir tha beatha na fola san fhuil, agus thug mi dhuibh i air an altair, a dheanamh réite air son bhur n-anamanna: oir is i an fhuil a ni réite air son an anama."

Saoil nach bu mhaith le bàn-righ Bhreatuinn gu'm bitheadh duine sam bith air a dhùnadh a stigh ann am priosan, agus gum fosgailidh i dorus gach priosan san rioghachd agus gum bitheadh i cho tròcaireach is nach fuilingeadh i peanas a bhi air a dheanamh air cionta, ciod an ùine a chumadh i an t'slat riaghlaidh 'na làimh? Ciod an ùine a leanadh i air a h'-iompaireachd a ghleidheadh? Cha ghleidheadh ceithir uairean fichead. Na ceart dhaoine sin

tha 'g-eigheach gu'm bheil Dia tròcaireach, theireadh iad—"Cha'n eil sinne ag iarraidh na bàn righ so." Tha gun teagamh Dia tròcaireach, ach cha tabhair e gu bràth do na flaitheas peacach nach d'fhuair maitheanas.

Tha Dia ag iarraidh fola, oir thubhairt e ri Adhamh—"Anns an là a dh' itheas tu dheth, gu cinnteach bàsaichidh tu." Thainig ma ta peacadh a stigh do'n t'saoghal, agus thug e bàs leis. Feumaidh focal Dhia seasamh. Cia-mar ma ta a b'urrainn do Dhia 'bhi firinneach, agus am peacach a chaomhnadh? Cia-mar a b'urrainn do Dhia bhi ceart, agus an duine mi-dhiadhaidh fhireanachadh? Pheacaich an duine agus feumaidh an duine bàsachadh. Ach ciod nam bàsaicheadh aon eile air a shon? Tha a bheathasan air a call le binn an lagha, oir is e tuarasdal a pheacaidh am bàs, ach ciod nan ceannaicheadh neach eile a bheatha air ais dha, gu'n deanadh E, a shaoradh? Ciod nan d'thigeadh neach air adhart agus gun leagadh E a bheatha sios 'na eiric air son-mhorain, neach aig nach robh E fein peacadh a dhiteadh a chum bàis E. Glòir do Dhia anns na h'àrdaibh: "Oir is ànn mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e 'aon-ghin Mhic féin, chum a's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha shiorruidh aige." Glòir do Dhia anns na h'àrdaibh. Chuir e a Mhac fèin air a bhreith o mhnaoi chum a'r nàdur a ghabhail, basachadh air ar son, chum "gu'm blaiseadh e bàs air son gach uile dhuine." Glòir do Dhia anns na h'ardaibh,—"glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic o na h'uile peacadh." Ma leughas sibh am Biobul gu cùramach chi sibh snàthainn scarlaid a ruith troimh gach duilleag dheth. Tha an fhuil a tòiseachadh ri sruthadh ann an Genesis, agus tha i ruith gun sgur gu leabhar an Taisheanaidh. Sin an t'aobhar air son am bheil leabhar Dhia air a sgriobhadh. Thoir an snaithainn scarlaid a mach as, agus cha b'fhiach dhuit a ghiulan dhachaidh leat.

Tha e air a radh tri uairean 'sa chaibdeal so, gur i an fhuil beatha na feola. Agus 'nuair a tha Dia ag iarraidh fuil, tha e ann an cainnt eile ag iarraidh beatha. Chaill sinne còir air beatha. Pheacaich sinn agus thainig sinn gearr air glòir Dhé. Feumaidh mise bàsachadh air son mo pheacanna, air neo neach fhaotainn a sheasas m' àite, agus a bhàsaicheas air mo shon. Cha'n fhaigh mi duin' eile san

t'saoghal a ni e, oir pheacaich na h'uile, mar a pheacaich mise agus thoill iad am bàs air son am peacaidh. Ach bha Criosd gun pheacadh, agus b'urrainn dha air an aobhar sin seasamh air son muinntir eile,—seasamh air mo shon-sa. Tha teagasg gloirmhoir an Urrais a teachd a steach ann an so. Bhàsaich Criosd air mo shon; tha gràdh agam-sa do Chriosd. Bhasaich e air mo shon, agus ni mi seirbhis dha. Saothraichidh mi air a shon; leigidh mi mo bheatha sios air a shon. Chreach e am bàs dheth 'ghath, thug e a buaidh bh'on uaigh. Agus nach e an ni a's lugha is urrainn duinne a dheanamh air a shon 'ar beatha a leagadh sios air a sgath.

'Nuair a bha iad a faotainn an òir ann an California chaidh duine a New England an sin a fàgail a mhnatha agus a mhac òg aig an tigh. 'Nuair a shoirbhich leis, chuir e dha'n iarraidh. Rinn cridhe a mhnatha gairdeachas ris an fhios so fhaotainn. Thug i a leanabh leatha gu New York, chaidh i air bord soitheach-smuide a bheireadh i gu San Francisco. Cha robh iad fad a seoladh 'nuair a bha an eigh Teine! Teine! air a chluinntinn san t'soitheach, agus bha'n teine gu grad a sgaoileadh. Bha aite-gleidhidh fùdair air bord, agus bha fios aig a Chaptuinn 'nuair a ruigeadh an teine am fùdar gun rachadh na h'uile duine, bean agus leanabh dhiubh a dhith. Chuir iad na bàtaichean saoraidh a mach ach bha iad ro bheag. Ann an aon mhionaid bha iad air an lionadh ro làn. Bha an aon ma dheireadh dhiubh a fàgail an t'soithich 'nuair a ghuidh a mhathair i fein agus a leanabh a thoirt leo. Thubhairt iad rithe nach b'urrainn doibh, gun robh am bàta làn. Ghuidh i cho durachdach is ma dheireadh gu'n d'aontaich iad a h'aon dhiubh a ghabhail. An saoil sibh gu'n do leum i fein a stigh do'n bhàta agus a leanabh fhàgail gu bàsachadh. Cha'n e sin a rinn i. Ghlac i an leanaban, thug i dha aon phòg fhada, agus shin i dhoibh do'n bhàt' e. "Mo leanabh thubhairt i ma bhios tu air do chaomhnadh gu t'athair fhaicinn, innis dha gu'n do bhàsaich mise, na t'àite." Tha sin na shamhladh lag air an ni a rinn Criosd air 'ar son. Leag e sios a bheatha air ar son, bhàsaich e chum is gu'm biomaid-ne beo. An e nach gràdhaich sinn e? Tha feum againn air Criosd. Bithidh feum againn air, a dol tre onnfha Iordain. Bithidh feum againn air aig caithir breitheanais. Gum bacadh Dia gu'n cuireadh neach sam bith againn fuil Chriosd suarach.

AN FHUIL.

II.—AN TIOMNADH NUADH.



HUNNAIC sinn fianuis an t'Seann Tiomnaidh mu'n fhuil; thigeamaid a nis dh'ionnsuidh an Tiomnaidh Nuaidh.

Ann an 1 Peadar i. 18, 19, tha sinn a leughadh. "Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nithibh truaillidh mar a ta airgiod agus òr, o bhur caithe-beatha diomhain, a thugadh dhuibh o bhur sinnsireachd: ach le fuil luachmhoir Chriosd, mar fhuil Uain gun chron, gun smal." Cha b'urrainn airgiod no òr an anamaibh a shaoradh. Mar a bha air a chuir an céill chaill sinne còir air beatha ann an suil an lagha. Thainig bàs do'n t'saoghal troimh pheacadh, agus cha deanadh ni ach fuil réite air son an anama. Tha Peadar uime sin ag ràdh, "Cha do shaoradh sibh le airgiod no òr." Nan deanadh òr no airgiod 'ur saoradh, an saoil sibh, nach cruthaicheadh Dia muillionaibh do shaoghail làn do dh' òr. B'fhurasda dha sin a dheanamh. Ach cha'n eil sinn air 'ar saoradh le nithibh truaillidh mar na nithibh sin, ach le fuil luachmhoir Chriosd. Tha saoradh a ciallachadh, "ceannach air ais;" reic sinne sinn fein air neo-ni agus shaor Criosd sinn, is thug e air ais sinn.

Choinnich caraid ann an Eirinn ri balachan beag Eireannach a bha air gealbhonn a ghlacadh. Bha an t'eun beag bochd air chrith 'na laimh agus ag iarraidh gu faotainn as. Ghuidh an duin-uasal air an t'eun a leigeadh as, nach robh e gu feum sam bith a dheanamh dha, ach dhiult e; thubhairt e nach leigeadh, oir gun robh e ga ruith tri uairean a thim mu'n do ghlac se e. Reusonaich e ris a bhalachan ach cha'n eisdeadh e ris. Ma dheireadh thairg e an t'eun a cheannach; dh'aontaich an t'òganach ris a phrís, agus chaidh a phaigheadh. Ghabh an sin an duin-uasal an t'eun beag agus leig e leis seasamh saor air a laimh. Bha e roimhe air a chumail teann ann an laimh a bhalachain, oir bha e ni

b'u treise nan t'enn direach mar tha an Sàtan ni's treise na sinne, agus shuidh an t'eun car uine air laimh an duin-uasail mu'n do thuig e gu'n robh e saor, ach ann an uine bhig dh' itealaich e air falbh ri seirm, mar gun abradh e ris an duin-uasal "taing dhuibh, taing dhuibh, thug sibh mo shaorsa, dhomh." Is e sin is brigh do shaorsa,—a ceannach air ais, agus a cuir saor. Is ann mar sin a thainig Criosd a bhriseadh cuibhrichean a pheacaidh, a dh'fhosgladh dorsaibh a phriosain, agus am peacach a chuir saor. Is naigheachd maith so, is e so an soisgeul—"Cha do shaoradh sibh le nithibh truaillidh mar a tha airgiod agus òr, ach le fuil luachmhoir Chriosd."

Am bheil thu cuir na ceisd cia-mar is urrainn dhomhsa bhi air mo shaoradh a nochd. Gabh ris an Fhear-Shaoraidh an Tighearna Iosa Criosd, agus saorar thu. Cuir do mhuinghinn 'na obair Chriochnaichte-san. 'Nuair a dh' éigh Criosd air Calbhari,—"Tha e criochnaichte" 's'e bha ànn iollach neach 'thug a mach a bhuaidh. Rinn e so gun airgiod. Agus tha eigh-san ris an t' saoghal a teachd a nuas troimh na ginealaichaibh a labhairt ruinne an dingh, "Ho gach neach air am bheil tart thigibh chum nan uisgeachan, seadh thigibh ceannaichibh fion agus bainne gun airgiod agus gun luach."

Bho chionn beagan bhliadhnachan bha mi air maduinn Sàbaid a dol a shearmoineachadh nuair a chaidh duin' òg seachad orm ann an carbad, agus seann bhean-uasal na suidhe leis. "Co e an duine sin?" thubhairt mi. Thubhairt mo charaid 'bha leam, "Am bheil thu faicinn an raoin mhaisich sin, agus am fearann air am bheil an tigh?" Tha mi "Dh'òl athair an t'iomlan dheth sin suas," thubhairt e. "Bha athair na mhisgear mòr, chaith e a mhaoin le beatha struidheasaich, bhasaich e, agus dh' fhàg e a bhean ann an tigh nam bochd. Is e an duin' òg sin a mhac, aon do na h'òganaich is fearr a b'aithne dhomh riabh. Shaothraich e gu dichiollach, rinn e airgiod, agus cheannaich e air ais am fearann, thug e a mhàthair a tigh nam bochd, agus tha e falbh leatha do'n eaglais." Smuainich mi, tha samhladh an so dhomhsa. Reic an ceud Adhamh sinne ann an Eden air neo-ni, ach rinn am Messiah an dara h'-Adhamh 'ar saoradh le e fein a thoirt 'na Eiric. Thug an ceud Adhamh sinne do thigh nam bochd, tha an dara h'Adhamh ga'r deanamh na'r Righrean agus na'r Sagairt do Dhia. Is e sin saorsa. Tha

sinn a faotainn ann an Criosd tuilleadh is na chaill sinn ann an Adhamh. Tha daoine ag amharc air fuil Chriosd le tàir agus gràin, ach tha an t'àm a tighinn 'nuair a gheibhear gu'm bheil fuil Chriosd ni's luachmhoire na uile rioghachdan an t'saoghail. Nan robh thu dol sios gu geatachan a bhàis a nochd, a dol gu bruach Iordain agus tu gun dòchas ann an Criosd, ged a bhitheadh muillionaibh airgid agad, ciod a dheanadh sin dhuit. Bhitheadh fuil Chriosd ni bu luachmhoire dhuit na uile òr is airgiod an t'saoghail.

Tha dà ghuth leis am bheil an fhuil a labhairt; tha i ag eigheach air son mo dhitidh, no ma cheadaicheas sibh dhomh focal is treise a chleachdadh air son mo dhamnaidh, air neo air son mo shàbhalaidh. Ma dhiulteas mi fuil Chriosd; tha i ag iarraidh mo dhitidh, ma ghabhas mi ris an fhuil tha i a labhairt maitheanas agus sith. Dh' eigh fuil Abeil a mach an aghaidh Chàin a bhràthair. Bha e mar sin ann an lathaibh Chriosd. 'Nuair a bha Criosd aig Pilat ri aghaidh, thubhairt e ris na h'Iudhaich,—"Ciod a ni mi ris?" Dh' eigh iadsau a mach—"Beir uainn beir uainn, ceus e!" Agus 'nuair a chuir e a cheisd co a leigeadh e as, an e Barabbas no Criosd, dh'eigh iad a mach "Barabbas!" Agus 'nuair a chuir e a cheisd a rís—"Ciod a ni mi ris!" chaidh aon eigh suas o Ierusalem. "Bitheadh e air a cheusadh, beir uainn e, cha'n eil sinn ga iarraidh." Thionndaidh Pilat agus nigh e a làmhan agus thubhairt e—"Ata mise neò-chiontach do fhuil an fhirein so," agus dh'eigh iadsan. "Bitheadh fhuil oirnne agus air 'ar cloinn." Bithidh sinne cùnntasach air son fhola, cuiridh sinne 'ar seula ris a ghinomh. Gun deonnicheadh Dia gun robh a nis eigh ag eiridh suas—"Bitheadh fhuil oirnne chum 'ar saoradh, cha'n ann chum 'ar diteadh."

Tionndaidhibh a nis dh'ionnsuidh, Col. i. 20—"Air dha sith a dheanamh tre fhuil a chroinn-cheusaidh-san." Tha mi ag innseadh dhuibh nach tabhair an saoghal sìth. Tha iomadh duine beartach iomadh duine ainmeil san t'saoghal 'tha na choigreach do shith. Cha b'aithne dhomh duine riabh aig an robh eòlas air sith ach duine a fhuair i aig Calbhari.

"Uime sin air dhuinne bhi air ar fireanachadh tre chreidimh tha sith againn ri Dia, tre an Tighearn Iosa Criosd" (Rom. v. 1). 'Nuair tha peacadh air fholach,

tha ann an sin sith. Cha'n eil sith ann do'n aingidh, tha iad "mar a mhuir bhuairte nach urrainn a bhi aig fois." Is e Calbhari an t'àite far am faighear sith,—sith ann an sùil ris an ùine a dh'fhalbh, gras air son an àm 'ta 'làthair. Agus tha eadhon ni ni's ro fhearr ann—"agus a ta sinn a deanamh gairdeachais an dòchas glòire Dhé." Tha cuid an dùil 'nuair a gheibh iad a dh'ionnsuidh Chalbhari gun d'fhuair iad an ni a b'fhearr a bha ri fhaotainn,—ach tha ni is fearr a feitheamh orra,—eadhon glòir. "Agus a ta sinn a deanamh gairdeachais an dòchas glòire Dhé." Cha'n eil fios agam ciod cho dluth is a dh'fheudas glòir a bhi do chuid ann an so; feudaidh gu'm faigh cuid a steach ann ùine ghoirid gu bhi ann an làthair an Righ. Bithidh aon sealladh dheth, 'na thuilleadh is na dhuais air son an iomlain a dh'fhuiling sinn air a sgàth. Tha e na ni cinnteach gu'm bheil sith ann air son na h' ùin a dh' fhalbh, gràs air son an áma 'ta làthair, agus gloir air son an àm a ta ri teachd. 'Nuair a thàinig na h'aingil a tabhairt an t'sois geil leo chuir iad an cèill, "gloir do Dhia anns na h'àrdaibh, agus air talamh sith, deadhghean do dhaoinibh." Is e sin tha an fhuil a toirt leatha,—peacadh air fholach air a thabhairt air falbh, sith air son na chaidh seachad, gràs a nis, glòir a ris.

Tionndaidhibh a ris gu Eoin xix. 34, "Ach lot fear do na saighdearaibh a thaobh le sleagh, agus air ball thainig a mach fuil agus uisge." Tha fios agaibh gu'n robh e air innseadh roimh laimh ann am faigheadaireachd Shechariah gu'm bitheadh tòbar air fhosgladh ann an tigh Dhaibhidh air son peacadh agus neo-ghloine. Agus tha e 'nis air fhosgladh. Bhà Mac Dhia air a throimh lot le sleagh an t'saighdeir Ròmanaich ud. Tha mi an dùil gu'm b'e an gniomh ud a chrùn naimhdeas na talmhainn agus ifrinn,—a rinn peacadh 'na chionta, a chrùnadh. Faic an saighdear Ròmanach mar a chuir e an t'sleagh troimh chridhe an Dia-duine. Nach b'ifrinneil an gniomh e! Ach ciod an áth ni a ghabh àite? Chòmhdaich fuil an t'sleagh. Cliu do Dhia tha an fhuil a còmhdach peacaidh. Bha an fhuil a comhdachadh na sleagha eadhon an t'iomlan dhith. Thug gniomh crùnaidh a pheacaidh a dh'ionnsuidh cleachdadh gniomh crùnaidh gràidh; b'e gniomh na h'aingidheachd a dh'eirich ro àrd, a thug gu solus gràs a tha toirt barrachd.

Tha an saoghals' a nis ann an laimh fear-foreigne; ach bithidh e aig Criosd ann an ùine ghoirid. Tha àm ar saorsa a tarruing am fagus. Beagan tuilleadh do dh'fhulangais, agus thig e chum a rioghachd a chuir suas air an talamh. Reubaidh e na neamhan agus cluinnear a ghuth. Thig e 'nuas le iollach. Bithidh uachdranachd aige o'n amhainn a dh' ionnsuidh iomalla na talmhainn. Bithidh an dris agus an droighionn air an sguabadh air falbh agus ni an fhàsach aoibhneas. Deanamaid-ne aoibhneas; chi sinn làithean ni's fearr, tha an dorchadas duaichnidh agus am peacadh tha ag iadhadh mu'n t'saoghal so gu bhi air a sguabadh air falbh. Bithidh tuinn dhorcha a bhàis agus ifrinn air am bualadh air an ais. Tha mi guidhe sibh a dheanamh urnuigh ris an Tighearna gu'n luathaicheadh e a theachd, agus nach dean Mac Dhé.moille. Tionndaidhibh a nis dh'ionnsuidh (Rom. iii. 24) "Air dhoibh bhi air 'ar fireanachadh gu saor le a ghràs, tre an t'saorsa a ta ann an Iosa Criosd." Thugaibh an aire do na briathran—"Tre an t'saorsa a ta ann an Iosa Criosd." Agus a ris ann sa chuigeamh caibdeal aig an naoitheamh rànn tha sinn a leughadh, "Is mò gu mòr uime sin, air dhuinn a nis bhi air 'ar fireanachadh tre fhuil, a shaorar tridsan o fheirg sinn." Tha am peacach air fhireanachadh le Dia trid a ghràis eugsamhla air sgàth toillteanas fuil a Mhic. Tha e air fhireanachadh se sin, air a mheas 'na fhirean, cho fireanta agus ged nach bitheadh e riamh air peacachadh. Nach iongantach sin; gun aon pheacadh air a chuir as a leth. Tha e mar gu'm bitheadh duine ann am fiachan, agus 'nuair a chaidh e a phaigheadh gu'm bitheadh e air innseadh dhà, "Cha'n eil ni sam bith sgriobhta a'd aghaidh." Fhreagair esan—"Is cinnteach gu'm bheil ni èigin a'm aghaidh an so." "Cha'n eil 'tha e air a ràdh ris,' n'am leabhraichean-sa a'd aghaidh thàinig duine eile is phàigh e an t'iomlan air do shon." 'Se sin aon duine a bhi seasamh air son duine eile. 'Nis tha fios agam cò a phaigh mo chuid-sa fhiachan. Is e an Tighearna Iosa Criosd a rinn e. 'Agus 'nuair a sheallas Dia na leabhar, cha'n eil ni sam bith sgriobhta a'm aghaidh-sa ann an sin. Thogadh Criosd air son 'ar fireanachaidh. Tha tuilleadh air fhilleadh ann am fireanachadh na duine a dh' fhaotainn maitheanais. Nan robh mise air mo chuir an sàs air son mile pund Sassunach a ghoid agus air m'fhaotainn ciontach, ach nan

robh truas aig a Bhreitheamh dhiom, agus maitheanas a thabhairt dhomh thiginn a mach as a phriosan, ach is ann le ceann cròm. Ach nan robh mi air mo chasaid, ach gun a ni bhi air a dhearbhadh agus gun robh e air thaotainn nach robh mi ciontach do mheirle, bhithinn an sin air m'fhireanachadh. Bhitheadh eadar-dhealachadh mòr eadar an dà ni. Tha ma ta, Dia ga'r fireanachadh tre fhuil a Mhic. Is e sin tha an fhuil a deanamh, a folach peacaidh, ga chuir as an rathad, gu'n a bhi tuilleadh ri chuir as ar leth. Nach naigheachd maith sin? Faicibh Taisbean i. 5. "Dhà-san a ghràdhaich sinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaibh 'na fhuil féin." Tha mòran ann a dh' iarradh bhi air an saoradh, ach tha an dùil nach urrainn doibh bhi air an saoradh gus am bi iad beagan ni's fearr na tha iad. Choinnich mi duine òg an d'raoir a bha ag iarraidh eolas air slighe an dol as, ach bha e smuaineachadh nach b'urrainn da bhi air a shaoradh, chionn ach robh e maith gu leoir. Ma tha thu gu feitheamh gus am faigh thu cuibhteas is peacadh cha bhi thu gu bràth air do shaoradh. Cha'n urrainn dhuit thu fein a shaoradh o aon pheacadh. An àite a dhol ni's fearr, bithidh tu a dol ni's miosa. Ach cliu do Dhia tha gràdhachadh a pheacaich 'nuair tha e a fuathachadh a pheacaidh. "Ghràdhaich e sinn agus dh'ionnlaid e sinn o 'ar peacaibh 'na fhuil féin." Ghradhaich e sinn an tus, agus an sin dh'ionnlaid e sinn. Ach ma dh'oidhirpicheas sinn air sinn féin ionnlad, ni sinn gnothuch bochd dheth. Ni an fhuil 'ar glanadh gu h'iomlan, ma ni sinn sinn féin earbsadh ri Griosd. "Co a chuireas ni sam bith as leth daoine taghta Dhé?" Ma dh'fhireanaich esan mi is leoir sin. Ca'rson tha urrad do mheas againn air an t'seann laoidh—

> "Tha tobar ànn tha làn do dh'fhuil
> O chuislibh Iosa tharruingeadh i."

Bithidh an laoidh sin air a seinn fhad s'a bhitheas eaglais aig Dia air an talamh. Tha i nis air a seinn anns gach àite far am bheil ainm Chriosd air ainmeachadh. Tha cuimhn' agam mar a bhitheadh i a drùdhadh air m' anam ma'n robh mi air m' iompachadh. Cha'n 'eil fios agam ca'rson. Cliu do Dhia tha na h'uile peacadh air a chuir as an t'sealladh san tobar. Cha bhàsaich aon do na laoidhean tre'm bheil an

snathainn scarlaid a ruith. Faic an laoidh luachmhoir so dheth nach fàs daoine gu bràth sgìth.

" A charraig nan àl air mo shons' chaidh do sgoltadh
Is teicheam a'd ionnsuidh gun dàil.
Shruth bho do thaobhsa fuil agus uisge
'Ni mise a shaoradh o pheacadh na chionta
Bho pheacadh 'na chiont' is na phlàigh
Is teicheam a'd ionnsuidh gun dàil."

Agus faic an laoidhs' eile,—

" 'Sann mar a tha mi, gun ni air fhàgail
Mar bharrant slàinte ach fuil an Uain,
Is cuireadh gràsmhor an fhocail shlàinteil
'Theachd mar a thà mi gu Righ nam buadh."

Tha laoidh eile ann an sin dheth nach fàs daoine sgith. Bithidh i air a seinn fhad s'a bhitheas eaglais aig Dia air an talamh. Agus tha na laoidhean so luachmhor, a chionn gu'm bheil iad ag innseadh dhuinn mu'n fhuil.

Amhaircibh ri Mata xxvi. 28, anns am bheil fianuis Chriosd e fèin againn, "Oir is i so m' fhuilsa an tiomnaidh nuaidh, a dhoirtear air son mhòran chum maitheanais pheacanna." Amhaircibh ris an earrann so—" Oir thug mi dhuibh air tùs an ni a fhuair mi mar an ceudna, gun d'fhuair Criosd bàs air son ar peacanna a réir nan sgriobtuir." Amhairc ri Eabh ix. 22, " Agus as eugmhais dòrtaidh fola cha'n eil maitheanas r'a fhaotainn." Bu mhaith leam a cheisd 'chuir ris na daoine nach eil a creidsinn san fhuil, " Ciod a tha sibh gu dheanamh ri 'ar peacanna?" An tairgeadh sibh masladh do'n Uile-Chumhachdach le toradh 'ar cuirp a thabhairt suas mar iobairt air son 'ar peacanna? An urrainn do dhuine réite a dheanamh air son peacaidh? Ma tha fear-fochaid ann an so, duine tha cuir na fola suarach, b'u mhaith leam a chluinntinn bh'uaithe ciod 'tha dùil aige a dheanamh? 'Nuair a bhà mi ann an aon do na bailtibh agaibh, thainig duin' uasal am ionnsuidh agus thubhairt e ma tha thusa ceart, tha mise clith; agus ma tha mise ceart, tha thusa clith. Chunnaic mi gu'n robh e na mhinisteir agus thubhairt mi ris.—" Cha chuala mi riabh thu a searmonachadh, ma chuala tusa mise is urrainn dhuit innseadh c'àit am bheil sinn ag eadar dhealachadh." Fhreagair e,—" Tha thus' a cuir an céill bàs Chriosd; tha mise cuir an céill a bheatha. Tha mis' ag innseadh do'n t'sluagh nach ann na bhàs ach

na bheatha 'tha éifeachd, tha thusa 'teagasg dhoibh gu'm bheil slàinte tre bhàs. Cha'n eil mise creidsinn focal dheth sin." Thubhairt mi ris ciod a tha thu deanamh do'n earrann so. "Neach a ghiulain ar peacanna e fèin na chorp fèin air a chrànn." "Cha do shearmonaich mi riabh, o'n fhocal sin" fhreagair e. Ciod ma ta thubhairt mi ris a ni thu do'n fhocal so "Cha do shaoradh sibh le nithibh truaillidh mar a ta airgiod agus òr, ach le fuil luachmhoir Chriosd mar fhuil Uain gun chron, gun smal." "Cha do labhair mi riabh o'n fhocal sin ni's mò" fhreagair e. Agus ciod ma ta 'ni thu ris a so. "As eugmhais dortaidh fola cha'n eil maitheanas rà fhaotainn." "Cha do labhair mi riabh air a sin" thubhairt e. "Cia-mar tha thu 'tuigsinn an fhocail so. Ach lotadh e air son ar peacadh-ne, bhrùthadh e air son ar n-aingidheachdan; leagadh airsan smachdachadh ar sith, agus le a chreuchdaibh-san shlànuicheadh sinne." "Cha do shearmonaich mi riabh o'n fhocal sin." "Ciod an teagasg a bhitheas tu a tabhairt ma ta?" thubhairt mi ris. Thainig stad beag ànn, agus fhreagair e. "Bithidh mi a tabhairt earailean modhannail do dhaoine." "Cha bhi thu ag ràdh focal riu ma fhuil na reite?" "Cha bhi." Fhreagair mi agus thubhairt mi ris. "Bhitheadh am modh searmonachidh sin, na ghnothuch fanoid leamsa, cha b'urrainn domh a thuigsinn, sguirinn dheth, dh' fhalbhainn dhachaidh am maireach, cha bhitheadh fios agam ciod a theirinn, ciod am feum a dheanadh earailean modhannail m'a Chriosd, gu'n fhocal a ràdh m'a bhàs an t'Slànnighear." Thubhairt an duine òg, tha mi ag aideachadh gu'm bheil e uairean ag amharc gle chosmhuil ri aobhar magaidh 'bhi deanamh an ni tha mise a deanamh. Bha e co treibhdhireach is gu'n d' aidich e ris a sin. Tha an gnothuch na sgenlachd faoin ma dh' fhàgar bàs Chriosd as an t' sealladh. Is e an crann-ceusaidh steidh an iomlain. Ma tha beachdan duine mearachdach ma'n fhuil, tha iad mearachdach ma na h'uile ni. "As eugmhais dortaidh fola cha'n eil maitheanas ri fhaotainn."

Seallaibh a nis ri Eabhruidhich x. 11. Tha an litir so lan de'n fhuil. "Agus tha gach uile shagart a seasamh gach la, a frithealadh, agus a toirt suas nan iobairt chendna gu minic, nithe do nach eil e'n comas peacanna thoirt air falbh. Ach an duine so"—co e an duine?—an duine Iosa Criosd "an deigh dha aon iobairt a thoirt suas air son peacaidh,

shuidh e a chaoidh tuilleadh air deas laimh Dhé." Aon iobairt air son pheacanna gu siorruidh! Thug se E fein suas mar iobairt. Cha'n eil feum agaibh a nis air uain, no air tairbh òga. Thug an t' Ard-Shagart e fein suas. Cha'n fheudadh an t' Ard-Shagart o shean suidhidh a dheanamh; cha robh obair air a criochnachadh. Ach tha ar n' Ard-Shagart-ne air a dhol suas a'n aird, agus shuidh e aig deas laimh righ-chaithreach an Athar, oir bha obair air a criochnachadh. Thubhairt e,—"Tha e criochnaichte." Bha na samhlaidhean is na sgàilean gu h'iomlan air an coimhlionadh ann-san, agus tha iad a nis air a dhol as an t'sealladh.

Amhairc ri Marc xiv. 24. "Is i so m'fhuilsa an Tiomnaidh-nuaidh, a dhòirtear air son mhòran." Is iad sin briathran Chriosd e fein. Gabh iad an coimhcheangal ris na briathran a leugh sinn o na h' Eabhruidhich—"As eugmhais dortadh fola cha'n eil maitheanas ri fhaotainn." Tha mi creidsinn na'm faigheadh duine do neamh gu'n an fhuil nach bitheadh e sona ann sin. Cha b' urrainn dha chuid a ghabhail do'n òran 'tha air a sheinn timchioll na Righ-chaithreach; cha b' urrainn dha òran Mhaois agus an Uain a sheinn; cha b' urrainn dha a ràdh gun robh e air a shaoradh le fuil an Uain. Bhitheadh e ann an oisinn dha fein; cha bhitheadh an t'aon cheol aige ri càch, agus cha'n iarradh e fantuinn maille riu. Ach cha b' urrainn a leithid sud do dhuine faotainn a steach do ghlòir. Cha'n eil slighe gu dol a steach ach an t' slighe nuadh agus bheò—eadhon Criosd.

Seall a ris ri Eabhruidhich x. 19.—"Uime sin, a bhràithre, do bhrigh gu bheil dànachd againn chum dol a steach do'n ionad a's naomha tre fhuil Iosa, air slighe nuaidh agus bheò a choisrig e dhuinne tre'n roinn-bhrat, sin r'a ràdh, tre fheoil féin." Cha'n eil feum aig a chreidmheach a nis air iobairtean no air sagairt an lagha, 'nuair a bhàsaich Criosd, dh' fhosgail e slighe nuadh agus bheò, agus thug e dha shluagh uile, iad a bhi 'nan righrean agus nan sagairt do Dhia. Tha fagusgachd aca do Dhia tre'n fhuil. Tha iad a toirt a mach na buaidh tre'n fhuil. Tre'n fhuil tha bualdh aca ga fhaotainn thairis air an t' saoghal, air an fheoil, agus air an diabhul.

Tha earrann ro shòluimte againn ann an Eabhruidhich x. 18. "An neach a rinn tàir air lagh Mhaois, bhàsaich e gun

trocair, fo dhithis no thriuir do fhianuisibh cia mor is mò na sin am peanas a shaoileas sibh air am measar esan toillteanach, a shaltair fo 'chosaibh Mac Dhé, agus a mheas mar ni mi-naomha fuil a choimh cheangail leis an do naomhaicheadh e, agus a rinn tarcuis air Spiorad nan gràs. Ma rinn duine tàir air lagh Mhaois, thug iad a mach e, agus chlach iad gu bàs e. A pheacaich tha mi cuir na ceisde riut, ciamar tha thu' buntuinn ri fuil aoin Mhic Dhé. Tha mi ag innseadh dhuit gur uamhasach an ni an fhuil a chuir suarach, fanoid a dheanamh air teagasg na firinn mu'n fhuil. B'fhearr leam tuiteam marbh far am bheil mi am sheasamh na sin a dheanamh.

Cha'n eil ùine agam a dhol a bhruidhinn air an fhuil mar a tha i againn ann an leabhar an Taisbeanadh; tha an leabhar sin làn dhith. "Agus thug iad buaidh air tre fhuil an Uain, agus tre fhocal am fianuis-san." Is e an aon doigh air buaidh fhaotainn air an diabhul, leomhan ifrinn, gun cuireamaid an cath tre fhuil an Uain. Tha fios aige cho luath is a theicheas am peacach a dh'ionnsuidh fasgadh fuil an Uain nach urrainn dhasan coire a dheanamh dha ni's faide.

Ann an dol tre na duthchanna feadh an t'saoghail far am bheil ainm Chriosd air ainmeachadh fhuair mi far an robh ministeir a searmonachadh a chroinn-cheusaidh gun robh soirbheachadh aige na obair. Agus fhuair mi ciod sam bith na tàlantan tha aig fear 'tha fàgail na fola as a theagasg nach robh beatha na theagasg. Tha Dia a cuir urrain air na daoine sin a tha searmonachadh a chroinn cheusaidh, agus a cumail suas Chriosd mar aon dòchas a pheacaich air son na flaitheas, a sheas na aonar air son a shluaigh, agus tha anamaibh air an saoradh anns an eaglais sam bheil fuil Chriosd air a searmonachadh. Gun cuidicheadh Dia sinn gu meas mòr a bhi againn air fuil a Mhic. 'Nuair a thug Dia Criosd, thug e an tiodhlac a b'fhearr, agus an cum sinne Criosd o shaoghal a tha bàsachadh as eugmhais. Ni an saoghal an gnothuch as ar n'eugmhais ne, ach cha dean e an gnothuch as eugmhais Chriosd. Searmonaichamaid-ne Criosd ann an àm agus ann an an-àm. Rachamaid a dh'ionnsuidh na muinntir thinn a tha bàsachadh agus cumamaid ri'n aghaidh an Slanuighear a thàinig a dh'iarraidh agus a thearnadh an ni a bha caillte. "Agus thug iad

buaidh air tre fhuil an Uain, agus tre fhocal am fianuis-san."

Seallaibh fathast ri Taisbeanadh vii. 14—"Is iad so iadsan a thàinig á h'-àmhghar mòr; agus nigh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain." A pheacaich cia-mar a gheibh thu do thrusgain a dheanamh geal, mar ànn tre fhuil an Uain? Cia-mar a nigheas tu-iad? An urrainn dhuit an deanamh glan? Is i m' urnuigh gu'm faigh sinn uile fadheoidh chum an àrois shuas. Tha iad a seinn ann an sin òran milis na saorsa. Gun deonuicheadh Dia gun seinneamaid-ne an t'òran iad. Cha bhi aig a chuid i's faide ach beagan bhliadhnachan ma tha sinn air àireamh a shluaigh gus am bi sinn ann an sin a seinn òran Mhaois agus an Uain. Ach ma bhàsaicheas sibh gun Chriosd, gun dòchas, agus gun Dia, c'àit am bi sibh? A pheacaich bi glic; na cuir suarach an fhuil? Thubhairt seann seirbhiseach le Criosd air leabaidh a bhàis, thugaibh a'm ionnsuidh am Biobul. Ag cuir a mheur dha air an earrann,—"glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic o na h'uile peacadh," thubhairt e, tha mi a bàsachadh ann an creidimh na h'earrann so. Cha'n e gu'n robh e a searmonachadh leth-cheud bliadhna, a bha na dhòchas aige ach fuil Chriosd. Gun deonuicheadh Dia 'nuair a sheasas sinne an làthair na Righ-chathair mhoir ghil, gum bi air trusgannaibh air am faotainn air an nigheadh ann am fuil Chriosd!

AN SOISGEUL.

"Agus an déigh Eoin a chur am priosan thàinig Iosa do Ghalile, a searmonachadh soisgeil rioghachd Dhé, agus ag ràdh, Choimhlionadh an aimsir, agus a ta rioghachd Dhé am fagus; deanaibh,-sa aithreachas, agus creidibh an soisgeul."—Marc i. 14, 15.

CHA ghairm mi 'ar n'aire a dh'ionnsuidh an iomlain do na briathraibh so, ach a mhàin chum nam focal ma dheireadh 'sa chuigeamh rànn deug, "Deanaibh-sa aithreachas agus creidibh an soisgeul." Is ànn mar so a thòisich Criosd a mhinistreileachd.

Cha'n 'eil am focal Soisgeul air a thuigsinn gu maith. Chuala sinn mòran uime, ach tha iad lionmhor nach 'eil a tuigsinn ciod e an soisgeul. Tha an saoghal air a mhealladh mu'n t'soisgeul; tha Dia an t'saoghail so air suilean na dream nach eil a creidsinn a dhalladh air eagal gu'n dealraicheadh orra solus soisgeil ghlòrmhoir Chriosd. Tha an Sàtan air làn an duirn do dhuslach a ghabhail, agus thilg e nan suilibh e, air a leithid do dhòigh, agus gum bheil beachd mearachdach aig daoine mu'n t'soisgeul. Tha daoine 'meas an t'soisgeil na dhroch sgeul, ach is ànn a tha e na naigheachd maith, na sgeul mòr aoibhneis do na h'uile shluagh. Tha muinntir ag amharc air an t'soisgeul mar ni eigin ma dhiadhachd ris nach eil a bheag do ghnothuch aca-san; feudaidh e bhi maith gu leoir air son dhaoine tha cur feum air, ach cha'n eil feum aca-san air. Tha mi ag innseadh dhuibh gu'm bheil an soisgeul air son na h'uile duine, bean, is leanabh san tigh so; tha sibh uile cuir feum air agus tha e air a thairgseadh do na h'uile. Mu'n do ghabh mise ri Criosd, bha mi an dùil gu'm bitheadh e treis mhaith mu'n gabhainn ris. Cha robh mi gu eudan fada chuir orm, agus a dhol tre'n t'saoghal gun seilbh air sonas no aoibhneas. Cosmhuil ri mòran, bha mi meas aidmheil Chriosd mar ni brònach muladach, ged bha mi do'n bheachd gu'm bitheadh e air a leantuinn le buanachd san ath shaoghal; ach tha mi air a chaochladh fhoghlum o'n uair sin. Tha mi air fhoghlum gu'm bheil an diadhachd tarbhach araon air son na beatha a ta làthair agus a chum teachd. Tha

beachd mearachdach dhaoine m'a dhiadhachd ga'n tabhairt gu bhi teicheadh bho Dhia an dòchas gu'r urrainn doibh iad féin fholach bh'uaith mar a dh'fheuch Adhamh is Eubh ri iad fèin fholach sa ghàradh. Tha mi ag innseadh dhuit ma tha thu ag iarraidh 'bhi sona san dà shaoghal gu'n ruig thu air sin a mhàin le Dia bhi na charaid dhuit tre thu chreidsinn an t' soisgeil a gabhail ris mar naigheachd maith o Dhia do dhaoinibh. Thàinig Iosa Criosd leis an naigheachd i's fearr a thugadh riabh gu saoghal a tha fo'n mhallachd. An urrainn dhuit an dà latha is fearr ainmeachadh a chunnaic an saoghal so idir. Is e aon do na làithibh is fearr a chunnaic an saoghal 'nuair a rugadh Iosa ann am Betlehem, agus is e an latha eile is fearr, an latha dh' eirich e as an uaigh; is iad sin an dà latha is fearr ann an eachdraidh an t'saoghail, latha breith, agus latha aiseirigh Chriosd. 'Nuair a rugadh e ann am Betlehem thug aingil Dhé éigh caithream ag ràdh—"Feuch a tà mi ag innseadh dhuibh deadh sgéil mhòr aoibhneis, a bhitheas do'n uile shluagh, oir rugadh dhuibh an diugh Slànuighear, ann am baile Dhaibhidh, neach a's e Criosd an Tighearna." B'i sin teachdaireachd nan aingeal, sgeul mhaith, ged tha mòran ann nach creid an sgeul. Nach maith an naigheachd so, tha Iosa mac Dhé air teachd. Car-son a thàinig e? Thàinig e chum clann nan daoine a bheannachadh, a thearnadh pheacach chaillte. Thàinig e a shearmonachadh an t' soisgeil do na bochdaibh, a bhriseadh cuibhrichean a pheacaidh, a thoirt comhfhurtachd dhoibhsan tha ri bron; chum an leirsinn a thoirt do na doill; comas labhairt do na balbhainn; chum agus gun leumadh am bacach mar am fiadh; thàinig e a thoirt beatha do na mairbh, a chuir as do'n bhàs, agus a chum beatha is neo-bhasmhoireachd a thoirt gu solus tre'n t'Soisgeul. 'Se latha mòr a bha ànn, an latha a thainig Criosd do'n t'saoghal. Agus is e latha mòr bha ann, an latha bhàsaich e air a chrànn-cheusaidh, air a thilgeadh a mach agus air a mhort leis an t'saoghal.

Ann sa chuigeamh caibdeal deug do'n cheud litir dh' ionnsuidh nan Corintianach tha Pol ag innseadh dhuinn ciod e an soisgeul. "Os bàrr, a bhràithre tha mi cur an céill duibh an soisgeul a shearmonaich mi dhuibh. Gun dh'fhuair Criosd bàs air son ar peacanna a reir nan sgriobtuir." Tha sinn a leughadh ann an Rom. v. 12, "Uime sin mar a thàinig peacadh a steach do'n t'saoghal tre aon duine, agus bàs tre'n

pheacadh ; mar sin mar an ceudna thàinig bàs air na h'uile dhaoinibh, do bhrigh gu'n do pheacaich iad uile." Ach thàinig Iosa Criosd, agus le a bhàs, tre e féin iobradh air a chrann mhallaichte air dha réite a dheanamh air son peacaidh, am peanas a ghiulan agus peacadh a thoirt glan air falbh, tha nis iadsan uile a chreideas an soisgeul a faighinn comhpairt do dh'uile bheannachdan a bhàis agus a bheatha. Is e sin deadh sgeul a mhòr-aoibhneis 'tha o Dhia. Is e sin an seann soisgeul urramach air am bheil sinne cho feumach an diugh agus a bha sinn riabh. Tha mi an dòchas nach gluais sinn air falbh gu bràth o'n t'soisgeul so, "Bhàsaich Criosd air son ar peacanna," agus "Dh' eirich e a ris."

Tha mi air son innseadh dhuibh c'arson a tha an soisgeul na naigheachd maith dhomhsa, c'arson is e an naigheachd is fearr a chuala mi riabh. Is e so an t'aobhar, tha e air ceithir do na naimhdean is guiniche bha agam riabh a thoirt air falbh.

I. Thug e air falbh eagal a bhàis. Tha cuimhn' agam nuair a bhà mi mu cheithir deug no cuig bliadhna deug a dh'aois mar a bhà mi air mo lionadh le eagal a bhàis. Bha mi meas a bhàis mar an ni b'eagalaiche do na h'uile nithibh, mar nàmhaid uamhasach agus coimheach, agus is ànn mar sin a mheas mi riabh e gus an d'thàinig solus Chalbhari agus an d'thug e air falbh e.

Bha cleachdadh aca sa bhaile bheag ud, ann an America, 'nuair a bhàsaich neach sam bith aon bhuile do'n chlag a bhualadh air son na h'uile bliadhna a dh'aois 'bhà an neach a bhàsaich, mar bhà e tri fichead bliadhna 'sa deich a dh'aois bhuail iad an clag tri fichead is a deich a dh'uairean, buile air son gach bliadhna. Bha mi aig na h'uile àm iarrtunach air aireamh nam buillean a chunntadh. Aig cuid do dh'amaibh thigeadh na buillean gu tri fichead sa deich no ceithir fichead, agus smuainichinn, "Cha'n eil eagal domh, tha mi fada bho'n aois sin. Cha ruig a leas eagal a bhi orm. Cha ruig mi leas a dhol a'm Chabhaig." Thigeadh an sin uairean am bàs do'n bhaile agus bheireadh e air falbh gille beag no nighean bheag ma'm aois féin, agus mar a chùnnt mi àireamh nam buillean, chithinn am bàs dlùth agus bhithinn air chrith le eagal. Re'na h'oidhche dh'fhanainn a'm dhuisg a smuaineachadh mar so, "Ciod nan d'thigeadh làmh fhuair a bhàis a ghearradh snàthainn na beatha?" Bha

e dhomhsa 'na ni eagalach a bhi air mo sguabadh a stigh do shiorruidheachd dhorcha. Ach cliu do Dhia, thainig crioch air sin. Tha mi cuir na ceisde, "O bhàis c'àit am bheil do ghath?" agus tha mi cluinntinn guth a teachd o'n chrann-cheusaidh, "Tha e air adhlacadh ann am broilleach mac Dhé air Calbhari." Thug esan a ghath air falbh. "Bhlais Criosd bàs air son gach uile dhuine." Chreach e am bàs dheth ghath, tha uamhasan a bhàis air an toirt air falbh. Eisd ri eigh an duin' ud air a lot a bàsachadh, is e eigh na buaidh a chluinneas tu. Tha e faotainn na buaidh ann sa bhàs, agus tha e dol a chum glòir. Dh' fhuiling e am bàs, ach tre'n bhàs chlaoidh e cumhachd a bhais, agus cha ruig sinne leas a bhi fuidh gheilt air a shon. Feudaidh sinn a choinneachadh le caithream buaidh, air dhuinn a bhi air choigrich às a choluinn, tha sinn a làthair maille ris an Tighearna.

II. B'e an ath nàmhaid a bha cuir eagal orm, an uaigh. Bhithinn ag amharc a stigh do'n uaigh fhuar shàmhach agus a smuaineachadh ma'n àm 'sam feumainn m'àite a ghabhail an sin, agus an corp-sa a bhi air itheadh suas le cnuimhean. Ach dh' fhalbh eagal roimhe sin. Tha fios agam gun deachaidh Mac Dhé a dh' fhuiling am bàs air mo shon sios do'n uaigh, agus gu'n d'thàinig e nios as an uaigh. Cliu do Dhia tha Slànuighear againn a tha beò an diugh. Cha'n eil sinn a deanamh aoradh do Shlànuighear marbh, oir tha Iosa Criosd air eirigh o'n uaigh, agus cha'n eil i dhomhsa na cuis eagail tuilleadh, oir bha esan an sin romham; agus cha'n eil sinn uime sin a bròn air son 'ar càirdean a bhasaich ann an Criosd mar iad-san a tha gun dòchas. Bhàsaich e air son ar peacanna, ach moladh do Dhia, dh'eirich e air son 'ar firean achadh, agus tha sinn uime sin a teachd am fagus do'n uaigh agus toirt a mach na buaidh ag ràdh. "O Uaigh c'àit am bheil do bhuaidh?" agus tha sinn a cluinntinn guth buadhach an Tì a chaidh sios do'n uaigh agus a thomhais a doimhne, "Do bhrigh gu'm bheil mise beò bithidh sibhse beò mar an ceudna." Feudaidh am bàs greim a ghabhail do'n phalluinn chriadh so, cha'n eil cùram orm ciod cho luath, oir gheibh mi corp a's fearr air nach urrainn tinneas no bàs greim a dheanamh. Gheibh mi buaidh mhor os ceann a bhàis. Thubhairt Pol, dhomhsa bàs fhaotainn is buannachd sin. Tha buaidh air a thoirt a mach air a bhàs agus air an uaigh,

thainig Iosa Criosd chum sin a dheanamh ; chuir e am bàs fuidh a chosan; bhris e a chuibhrichean gu siorruidh. Nach maith an naigheachd sin? Gun deonuicheadh Dia gu'n gabh sinne ris an sgeul mhaith so mu'n glac teachdair a bhàis sinn!

Tha mi faicinn daoine ann an so le an cinn liath, tha an léirsinn a fàs fann, tha an ceum mall, tha an lamh a call an seoltachd, tha cuird am beatha gun lùth ; tha laigse aois air luidhidh oirbh, tha sibh dol sios dh'ionnsuidh a bhàis. Tha sibh a call air spionnadh gach là, agus tha fios agaibh gu'm bheil am bàs a teachd, agus nach eil glasan no crannan a chumas a mach e, nuair a their e, "Thig, feumaidh mi do thabhairt leam." Ah! nam b'aithne dhuibh aig an àm so an neach mu'm bheil an Soisgeul a labhairt, an neach is e an "Aiseirigh agus a Bheatha," an sin thigeadh am bàs, cha bhi e na chall sam bith dhuibh tha e as eugmhais a ghath.

Bha o shean seann deisciobul a bha air a ghairm am fianuis fear gearleanmhuinn an-iochdmhor. Thubhairt am breitheamh ris "mar sguir thu do shearmonachadh cuiridh mi as an duthaich thu." Fhreagair esan dean, ach cha'n urrainn dhuit mo dhealachadh ri Criosd. Mata bheir mi uat do sheilbh shaoghalta." "Is leam Criosd agus cha'n urrainn dhuit esan a thoirt uam." "Mar a sguir thu do shearmonachadh, bheir mi do bheatha dhiot." "Mo bheatha," ars an seann duine, "tha mo bheatha shuas ann an sud folaichte maille ri Criosd ann an Dia, agus cha'n urrainn do làmh duine beanntuinn ri mo bheatha. Tha mise marbh bho chionn da fhichead bliadhna."

Mar sin thigeadh am bàs, cha'n 'eil eagal againn roimhe. Tha suil againn ris an uaigh, mar a d'thig roimhe sin 'ar Tighearra an dara h'uair, ach theid sinn a dh'ionnsuidh cus pairean 'ar gràidh, agus feithidh sinn air son na h'uaighean a bhi air am fosgladh 'nuair a dh'fhoillsichear an Reult Mhaidne, agus a chluinneas iadsan a tha nan codal a ghuth. Deanadh deisciobuil Chriosd gairdeachas, tha àm an saorsa a tarruing am fagus.

III. Tha peacadh air a thoirt air falbh. Thug an Soisgeul air falbh an namhaid sgriosail so. Nach mor an truaighe a dh' oibrich e ! Nach aithne dhuibh 'nar dachaidhean fein an tròm thrioblaid a thug e ann an sin ! Nach eil cuimhn' 'agaibh air amhghar 'ar n'anam 'nuair a chunnaic sibh 'ar mac ionnmhuinn a tionndadh gu slighean an uilc agus na mi-

bheus a thug e gu uaigh mhaslach. Feudaidh gun d' thug e té do 'ar nigheanaibh gràdhach gu dhol air seacharan air slighe na neo-ghloine. Nach eagalach an nàmhaid e! Cha'n eil dachaidh air thalamh do nach aithne e mar aobhar sgrios. Ach thainig Iosa Criosd chum gun sgriosadh e oibribh an diabhuil, thainig e chum peacadh a chuir air cùl tre e fein iobradh. Bhàsaich e agus dh' eirich e a ris. "Tha e criochnaichte." Agus a nis tha e toileach maitheanas a thoirt dhoibhsan uile a philleas agus a ni aithreachas air son am peacadh. Tha e gabhail tlachd ann am maitheanas a thoirt. Smuainich nan robh eachdaraidh peacadh a choimhthionail mhòir so air a sgriobhadh nach bu mhòr an leabhar a dheanadh e? Smuainich air na peacanna nach fhaca do choimhearsnach riabh, smuainich air na peacanna diomhair a chuireadh e nàir ort gu'n cluinneadh do charaid is dluithe umpa. Smuainich air do nàire nam bitheadh na peacanna sin air an ainmeachadh ann am fianuis a choimhthionail so! Agus cuimhnich gun d'thàinig Iosa Criosd chum peacadh a chuir air falbh, gum bheil cumhachd aig air thalamh peacadh a mhaitheadh, gun do bhàsaich e air son 'ar peacanna is gun d'eirich e a ris, agus mu tha sinne toileach pilleadh o 'ar peacanna, tha esan ullamh agus toileach ar peacanna, a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach uile neo-fhireantachd. Ann am meud a ghràidh do'm m'anam ghabh e m'uile pheacadh agus thilg se e air a chùlaobh; agus tha sin na àite tearuinte chum do pheacadh a bhi ann.

Ann an àit eile tha e air a ràdh, "Co fhad as a ta an àird an ear o'n àird an iar, co fhad as a sin chuir e uainn ar n-eusaontais." Agus tha a ris am focal so againn, "Dhubh mi as, mar neul d'enceartan, agus mar cheò, do lochdan; pill rium oir shaor mise thu." Chunnaic sinn mòran a bha air an saoradh, mòran a ghabh ris an deagh sgeul; agus a nis c'àit am bheil am peacadh? air a thoirt air falbh, air a thilgeadh air cùlaobh Dhia, air a dhubhadh as, air a mhaitheadh.

IV. Bha nàmhaid 'eil 'ann a bhà cuir mòr eagal orm, is e sin am Breitheanas 'nuair a bhiodh na h'uile peacadh a chuir mi riabh an gniomh air a chuir an céil am fianuis na righ-chaithreach mhoir ghil. Bhithinn a smuaineachadh nach b'uamhasach is nach bu shòluimte an la 'nuair a bhithinn

air mo ghairm gu seasamh am fianuis Dhé, agus gun fhios agam am biodh m'àite air an làimh dheis no air an làimh chli. Bhà mi do'n bheachd nach b'urrainn dhomh fios a bhi agam gus an seasainn am fianuis Dhé, an ann air an laimh dheis, no air an laimh chli a bhiodh m'aite, co aca a chluinninn am Breitheamh ag ràdh. "Imich uam thusa tha mallaichte," no a chluinninn e ag ràdh. "Thig thusa tha beannaichte, imich a steach a chum aoibhneas do Thighearna." Bha latha a bhreitheanais na uamhas dhomh, bha eagal orm seasamh am fianuis an Dia sin mar mo Bhreitheamh an aghaidh an do pheacaich mi. Ach cliu do Dhia, thug an Soisgeul air falbh an t'eagal sin, oir tha an Soisgeul ag innseadh dhomh gu'm bheil an t'easaonadh air a réiteachadh le Mac Dhé. "Cha'n eil a nis diteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Criosd;" 'se sin an Soisgeul. Agus eisdibh a ris, ris an fhocal so, "Gu deimhin deimhin a ta mi ag ràdh ribh. An ti a dh'eisdeas ri'm fhocal-sa agus a ta creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, tha a bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e chum ditidh; ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha." Cha'n e "bithidh" a bheatha mhaireannach aige, ach "tha" i aige. Gabh ris a bheatha mhaireannaich mar shaor thiodhlac, agus cha bhi diteadh dhuit a nis no a ris, bithidh na tha do dh'aobhar eagail dhuit-sa 'sa bhreitheanas air a dhol seachad. Nach iongantach gu'm feum daoine 'bhi tagradh ri daoine an saor Thiodhlaca so a ghabhail! Gabh e, agus gheibh thu, mar a fhuair mise saoradh.o do naimhdean guineach, bheirear a ghath o'n bhàs, caillidh an uaigh a buaidh, bithidh peacadh air a dhubhadh as gu bràth, agus cha choinnich diteadh thu aig a bhreitheanas.

Tha an Soisgeul a cuir an céill maitheanas, agus saorsa do na braighdibh. Tha an duin' òg sin, a tha fuidh chosan ana-miannaibh agus àn-tograibh a pheacaidh a cuir feum air cumhachd is treise na e fein chum a shaoradh, agus tha an cumhachd ann an so, oir thàinig Iosa Criosd chum na braighdibh a chuir saor. Thàinig e a leigheas anamaibh a rinn peacadh tinn. "An aill leat a bhi air do dheanamh slan?" Gairm air a nis; a nis mar a tha sibh 'nar suidhidh ann an sin, eireadh an éigh o gach anam éigh dhaoine a pilleadh o'm peacadh agus o'n aingidheachd chum greim a dbeanamh air a bheatha shiorruidh. Cha bhi agaibh ri

feitheamh fada. Tha e ag iarraidh os ceann na h'uile ni gun imicheadh sibh as a so air 'ar saoradh, air 'ar n'iompachadh ann an seilbh air maitheanas le dòchas na beatha shiorruidh. Co agaibh a tha toileach gabhail ri Criosd, neach is e an t'Slighe, an Fhirinn, agus a Bheatha. Tha mi air son a cheisd a chuir ribh ciod dhe'n dean sibh roghainn an diugh an ànn do 'ar n'ana-miann, no an ànn do Chriosd? An gabh sibh ri Criosd an Slànuighear? An roghnaich sibh neamh no ifrinn? An e beatha no bàs ris an gabh sibh? Co is fearr leibh solus no dorchadas? An gabh sibh sith agus maitheanas, no cionta agus peanas? Feumaidh sibh 'ar roghainn a dheanamh. "Tha mi a gairm nan neamh agus na talmhainn mar fhianuisean nur n'aghaidh air an la'n diugh, gu'n do chuir mi beatha agus bàs fa'r comhair, beannachadh agus mallachadh: uime sin ròghnuich beatha chum gu'm bi thu féin agus do shliochd beò." "Roghnuichibh an diugh co da'n dean sibh seirbhis?" An gabh sibh ris an t'Soisgeul agus a bhi air 'ar saoradh, no an diult sibh e agus a bhi air 'ar sgrios? Co ris an gabh sibh beatha no bàs? Deanaibh 'ar roghainn. Gun deonuicheadh Dia sibh a dheanamh na roghainn cheart. "Mar is beo mi deir an Tighearna Dia, cha'n 'eil thachd agam ann am bàs an aingidh ach gu'm pilleadh an t'aingidh agus gu'm biodh e beò, pillibh, pillibh o ar droch shlighibh ciod uime am bàsaichidh sibh?"

'Nuair a bha Mr. Pollock duine air an robh eagal Dhé na Fhear-riaghlaidh ann am mòr-roinn Pennsilvania bha duine òg air a dhiteadh air son mort. Chuir mòran sluaigh iarrtus a dh'ionnsuidh an Uachdarain a guidheadh a bheatha a bhi air a caomhnadh, ach dhiult e, bha gniomh a mhortaidh ro an-tromaichte, agus bha e air a shuidheachadh gu'm faigheadh e am bàs. Chual an duine òg mu na h'oidhirpean a bha air an toirt chum binn a bhàis atharrachadh, agus thainig e gu smuaineachadh nach b'eagal da. Chual an t'Uachdaran so agus bha fios aige nach smuainicheadh an t'òganach bochd mu staid anama air son na siorrnidheachd 'fhad sa bha suil aige gu'm bitheadh a bheatha air a caomhnadh. Agus is e a rinn e dh'iarr e air Mr. Stuart marsanda diadhaidh a dhol do'n phriosan agus innseadh dha nach robh dòchas air a shon, gu'm feumadh e am bàs fhulang. Rinn Mr. Stuart so, agus nuair a chunnaic an duine òg e thubhairt e ris, "Thàinig thu le naigheachd maith, a dh'innseadh dhomh gu'm bheil

a bhinn air a h'atharrachadh." B'àbhaist do Mhr. Stuart a ris innseadh nach robh e riabh ann an ceann dleasdanas co duilich, gu'n robh e eigneach cruaidh-chàs an òganaich fhaicinn. Bha aige ri a dhòchas meallta a mhilleadh air. Shuidh e làimh ris, agus thubhairt e, "cha'n eil agam ri innseadh dhuit gu'm faigh thu maitheanas, oir cha'n fhaigh, cha'n eil cumhachd ann a ni do chumail on bhàs, agus thàinig mise an so an diugh a sparradh ort gun ullaicheadh tu air son na siorruidheachd. "An e," thubhairt e "nach eil dòchas idir air mo shon?" "Cha'n 'eil" fhreagair e "an rionnag is lugha." Dh' fheuch e an sin ri Criosd a shearmonachadh dha, ach bha an duine air a leagadh sios co mòr, is nach eisdeadh e ris.

Tha mi ag iarraidh Dia a mholadh nach i so mo theachdairreachd-sa an diugh. Cha d'thàinig mi a dh'innseadh dhuibh gu'm feum sibh bàsachadh, ach a chuir na ceisde c'arson a bhàsaicheadh sibh. Cluinnibh 'uile tha beatha, beatha shiorrnidh 'nar tairgse. A pheacaich tha maitheanas ann dhuit-sa; tha saors' ann dhuit-sa; tha beatha ann dhuit-sa, is e sin Soisgeul an De'bheannaichte, an seann sgeul maith 'ur agus cumhachdach an diugh mar a bha e riabh, ciod a tha thu gu dheanamh ris? Is eagalach an ni a dhiultadh. Is eagalach an ni a bhi feitheamh air son breitheanas, gun fhios a bhi agad c'uin a their am bàs gu'm feum thu imeachd leis, agus gu'n giulain e thu am fianuis an Dia naomh a rinn thu tairgseadh a throcair a dhiultadh, agus shaltair thu fuidh do chosan fuil a Mhic naoimh.



LAGH AGUS GRÀS.

ANN san Litir a dh' ionnsuidh nan Ròmanach, tha an t'abstol a sgriobhadh, "Oir mar tre easumhlachd aoin duine a rinneadh mòran 'nam peacaich, is amhuil sin tre ùmhlachd aoin duine a nithear mòran 'nam fireanaibh." Ach thainig an lagh a steach, chum gu meudaichteadh an cionta: ach far an do mheudaicheadh am peacadh, bu ro mhò a mheudaicheadh gràs: Chum as mar a rioghaich am peacadh chum bàis, mar sin gu'n rioghaicheadh gràs tre fhireantachd chum na beatha maireannaich, tre Iosa Criosd an Tighearna."

Bha Maois a samhlachadh am mach an Lagha. Tha cuimhn' agaibh gu'n do threoraich e clann Israeil tre'n fhàsach agus gun d'thug e iad gu Iordan; ach dh'fhàg e ann an sin iad. B'urrainn dha an tabhairt chum na h'aimhne a bha na samhladh air bàs agus air breitheanas; ach is e Iosua (is e brigh an ainm Slànuighear) a threoruich iad troimh bhàs agus breitheanas—troimh amhainn Iordain a dh' ionnsuidh tir a gheallaidh. Tha againn ann an so, an t'-eadardhealachadh a tha eadar Lagh agus Gràs; eadar an Lagh agus an Soisgeul.

Gabh samhladh eile air an ni. B'e Eoin Baistidh am faidh ma dheireadh fo'n t'seann fhrithealadh, am faidh ma dheireadh fo'n lagh. Tha cuimhn agaibh mu'n do thaisbein Criosd' e fein aig Iordan, gu'm be glaodh Eoin o latha gu latha, "Deanaibh aithreachas, oir tha rioghachd Dhé am fagus." Chuir e an céill tairneanach an Lagh. Thug e a luchd eisdeachd sios a chum Iordain agus bhaist e iad. Thug e iad a dh' ionnsuidh ionad a bhàis; agus is e sin cho fad agus a b'urrainn dha an tabhairt. Ach bha Neach a teachd na dheigh a b'urrainn an tabhairt a dh'ionnsuidh tir a gheallaidh. Mar a threoruich Iosua an sluagh troimh Iordan a steach do Chanaan, chaidh mar sin Criosd sios do Iordan a bhàis, troimh bhàs, agus troimh bhreitheanas a dh'ionnsuidh tir na h'aiseirigh.

Mu theid sibh troimh na Sgriobtuiribh uile, gheibh sibh gu'm bheil an lagh a treoireachadh dh'ionnsuidh a bhàis. "Rioghaich peacadh gu bàs." Dh' innis cairid dhomh o

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

chionn ghoirid gu'n robh aig ministeir a b'aithne dhasan ri àite ministeir priosain a ghabhail aig adhlacadh. Thug e fanear nach do lean ach aon duine am marbh a dh'ionnsuidh na h'uaighe. 'Nuair a bha e aig an uaigh dh' innis an duine so do'n mhinisteir gu'n robh esan na oifigeach an lagha, agus gu'm be a dhleasdanas fhaicinn gu'm bitheadh corp an duine a bhàsaich fo bhinn an lagha, air adhlacadh as an t'sealladh; gu'm be sin ceum deireannach lagh Bhreatuinn.

Agus is e sin a tha lagh Dhia a deanamh ris a pheacach; tha e ga thabhairt dh'ionnsuidh a bhàis, agus ga fhàgail ann an sin. Tha truas agam ann an doimhneachd mo chridhe dhiubhsan a tha feuchainn ri iad féin a shaoradh tre'n lagh. Cha do shaor an lagh anam riabh, is cha saor gu bràth. 'Nuair a their daoine gu'm bheil iad a deanamh mar is fearr a dh'fheudas iad, le suil ri iad féin a shaoradh trid oibribh an lagha, bu mhaith leam coinneachadh riu air am bonn fein, agus a cheisd a chur, An d'rinn sibh riabh mar a b'fhearr a dh'feudadh sibh? Abair nan deanadh gun robh e comasach gu'n coisneadh iad beatha; ach an e gu'n d'rinn iad e aig àm sam bith? Nach fheudadh iad deanamh beagan ni's fearr aig cuid do dh'amaibh, agus mu thàinig iad gearr, mhill sin an t'iomlan, dh'fhàg e iad fo'n mhallachd. Cha saor duine e féin le bhi deanamh cho maith is a dh'fheudas e. Mu tha e ag iarraidh an ni is fearr a dheanamh gabhadh e ri gràs Dhé; 'se sin an ni is fearr is urrainn duine sam bith a dheanamh.

Ach cuiridh tu a cheisd,—C'arson a thugadh an lagh? Feudaidh gu'm meas thu iongantach dhomh a ràdh, ach tha an lagh air a thabhairt chum is gun druid e beul gach uile dhuine. "A nis tha fhios againn ge b'e nithe a ta'n lagh a labhairt, gur ann riusan a ta fuidh 'n lagh a tha e gan labhairt: chum gu'n druidear gach uile bheul, agus gu'm bi an saoghal uile air fhaotainn ciontach am fianuis Dé. Uime sin cha bhi feoil air bith air a fireanachadh 'na fhianuis-san tre oibribh an lagha: oir is an tre an lagh a ta eòlas peacaidh." Tha an lagh a dùnadh mo bheoil: tha gràs ga fhosgladh. Tha an lagh a glasadh mo chridhe; tha gràs ga fhosgladh,—agus tha an sin tobar a ghraidh a sruthadh a mach. 'Nuair tha suilean dhaoine air am fosgladh chum na firinn ghloirmhoir so fhaicinn sguiridh iad dhe'n oidhirpean air beatha a chosnadh le'n oibribh. Gabhaidh iad ris an fhirinn gu'm bheil iad ri sàbhaladh a ghabhail mar shaor thiodhlac.

Cha d'thàinig beatha riabh tre'n lagh. Mar a thug neach eigin fa'near, 'Nuair a thainig an lagh bhàsaich tri mile duine air latha na cuingis; ach 'nuair a thàinig gràs agus firinn thugadh tri mile duine beò. Fuidh'n lagh, ma bha duine na mhisgear ghabh an luchd-riaghlaidh e agus chlach iad e, ach 'nuair a phill am mac stroidheil dhachaidh choinnich gràs ris, agus phòg se e. Tha an lagh ag radh, clach e, tha gràs ag ràdh pòg e. Tha an lagh ag ràdh buail sios e, tha gràs ag ràdh tuit air a mhuineal agus pòg e. Lean an lagh e, agus cheangail se e; thubhairt gràs fuasgail e agus leig leis imeachd. Tha an lagh ag innseadh ciod cho lùbte is a tha mi, tha gràs a tighinn chum mo dheanamh direach.

Tha truas agam dhiubhsan tha a ghuàth a fantuinn timchioll air beinn Shinai le suil ris gum faigh iad beatha ann an sin. Tha seann charaid agam-sa ann an Chicago nach eil a falbh uair sam bith o Shinai, a tha gun sgur a searmonachadh an lagha. Tha e na dhuine maith; ach tha mi a smuaineachadh gum bi naigheachd eile aige ri innseadh 'nuair a gheibh e do na flaitheas. Tha e an dùil gu'm bheil mise a searmonachadh saor ghràs ro thric; agus feumaidh mi aideachadh gur a toigh leam a bhi labhairt mu shaor ghràs. Tha e do'n bheachd gu'r còir dha mise a leantuinn, agus 'nuair a gheibh e cothrom tairneanaich an lagha a chuir an céill. 'Nuair ma dheireadh a choinnich mi ris, dh'fharraid mi, "Am bheil thu fathast a tàmh aig beinn Shinai?" "Tha," fhreagair e, "tha mise creidsinn san lagh." Cha chuala mi gun robh duine riabh air iompachadh fuidh a shearmonachadh, drùdhadh sam bith bha air a dheanamh fuidha chrion agus shearg e as. Mas e an lagh an dorus a dh'ionnsuidh nam flaitheas, cha'n eil dòchas ann air son duine sam bith dhinne. Cha'n urrainn gu'n gabh Dia iomlan ach ri riaghailt iomlan. An neach a tha ciontach ann an aon, tha e ciontach do'n iomlan; tha mar sin na h' uile air peacachadh agus air a theachd gearr air glòir Dhè.

Tha Pòl ag ràdh ris na Galatianaich, "Uime sin am bheil an lagh an aghaidh gheallanna Dhé? Nar leigeadh Dia: oir nam biodh lagh air a thabhairt a bhiodh comasach air beatha thoirt uaith gu deimhin is ann o'n lagh a bhiodh fireantachd. Ach dh' fhàg an sgriobtuir na h'uile dhaoine dùinte sa pheacadh, chum gu'm biodh an gealladh tre chreidimh Iosa Criosd air a thoirt dhoibh-san a ta creidsinn.

Ach mu'n d'thainig an creidimh, choimhideadh sinn fo'n lagh, air ar druideadh a steach chum a chreidimh, a bha gu bhi air fhoillseachadh. Uime sin b'e an lagh ar n-oid-fhoghluim ga'r treòrachadh gu Criosd, chum gu bitheamaid air ar fireanachadh tre chreidimh. Ach air teachd do'n chreidimh, chan eil sinn nis mò fuidh oid fhòghluim. Oir is sibhse uile mic Dhé tre chreidimh ann an Iosa Criosd."

Tha sinn mar sin a faicinn nach urrainn do'n lagh beatha a thoirt dhuinn ; is e na tha e comasach air a dheanamh ar toirt dha ionnsuidh-san is e féin a bheatha. Tha e air a ràdh gu'm bheil an lagh 'na "oid-fhoghluim." Cha'n eil fios am bheil cuid agaibh a tuigsinn ciod e sin "oid-fhoghluim." Nan robh sibh fo'n aon mhaighstir-sgoil riumsa 'nuair a bha mi am bhalachan bhiodh fios agaibh. Bha slat mhaith aige agus bha e gu tric ga cleachdadh. Bha anns an 'àit ud muinntir a thaobh an ni so a dh'feudadh sibh a shloinneadh mar luchd an "lagha," agus mar luchd "gràis." Bha luchd an lagha an dùil nach b'urrainear balachain a cheannsachadh gu'n an t'slat, agus chum iad maighstir sgoil a bha cleachdadh na slaite. Bha stri eadar iadsan is a mhuinntir eile, agus ma dheireadh chaill luchd-riaghlaidh na slaite an latha, agus bha clann na sgoile deanamh gairdeachas an duil gu'm biodh an t'slat air a cuir air cùl, agus gu'n d'thigeadh gràdh na h'àite.

Bhà mi am measg a cheud fheadhaim a bhris riaghailtean na sgoile. Bha bean-uasal ga'r teagasg agus dh'iarr i orm fuireach a stigh an deigh chàich. Bha suil agam gu'm faicinn an t'slat a ris, agus chuir mi romham nach striochdadh mi. Thug i mi do dh'àite leam féin. Shuidh i agus thòisich i air bruidhinn rium gu caoimhneil. Smuainich mi gun robh sin ni bu mhiosa na'n t'slat ; cha do chord e rium. Cha robh slat aice na laimh. Thubhairt i mar urrainn dhomh an sgoil a riaghladh le gràdh, sguiridh mi do'n ghnothuch gu h'iomlan. Cha bhuail mi thu, ach mu tha gràdh agad dhomh, bi umhail do riaghailtean na sgoile." Fhuair mi ni eigin nach robh ceart ann an so am mhuineal, cha bu tric leam deoir a shileadh, ach cha b'urrainn domh an cumail air an ais. Thubhairt mi rithe cha tabhair mise tuilleadh dragh san sgoil, agus cha d'thug. Dh'ionnsaich mi tuilleadh air a gheamhradh sin, na 'sna tri geamhraidhean roimhe.

Tha againn ann an so an t'eadardhealachadh tha eadar lagh agus gràs. Tha Criosd ag ràdh, "Mu tha gràdh agaibh

dhomh, coimhidibh m'aitheantan." Tha e ga'r tabhairt o bhi fuidh'n lagh, agus tha e ga'r cuir fuidh ghràs. Brisidh gràs an cridhe is cruaidhe. Is e gràdh Dhé a ghluais e, gu aon-ghin Mhic féin a chuir do'n t'saoghal, chum is gu'n saoradh se e. Tha e cosmhuil gu'n deachaidh am meirleach fheuchainn aig cuirt an lagha, gu'n drùdhadh sam bith a dheanamh air. Is e is cosmhuile gun do chruadhaich an lagh a chridhe. Ach nuair a chual e air a chrànn-cheusaidh an urnuigh aig an t'Slànuighear, "Athair thoir maitheanas dhoibh," bhris sin a chridhe, agus dh' éigh e, "A Thighearna cuimhnich ormsa 'nuair a thig thu gu do rioghachd." Bha e air a thabhairt gu tròcair a thagradh. Tha mi creidsinn nach eil duine sam bith cho cruaidh-chridheach is nach urrainn tròcair a chridhe a leaghadh.

Tha e air innseadh mu Isaac Hopper gu'n cual e aig àm sonruichte eucorach do dhuine duth, ga'm b'ainm Cain a deanamh feum do chainnt uamhasach, 'gu'n d'thug e fa chomhair breitheamh e, a thug air suim airgiod a phaigheadh mar chàin air son a bhi labhairt toibheum. Fichead bliadhna a's déigh sin, choinnich Hopper ri Cain air an robh atharrachadh muladach air a thighinn thaobh a choslais. Bhean so ri cridhe Hopper. Chaidh e far an robh Cain, labhair e gu caoimhneil ris, rug e air laimh air, agus thubhairt e,— "Am bheil cuimhn' agad ormsa, mar a fhuair mi peanas a bhi air a dheanamh ort, air son a bhi toibheumachadh?"

Tha, thubhairt e, tha cuimhne gu maith agam air sin, tha cuimhn' agam air na phàigh mi, mar gu'm be an dé, a bhiodh ànn.

Agus an d'rinn e maith dhuit? Cha d'rinn: chuir e an cuthach orm m'airgiod a thoirt uam.

Dh' iarr Hopper air an riadh a chùnntadh air na phàigh e, agus an sin phàigh e air ais dha an t'suim agus an riadh mar an ceudna.

Dh' atharraich gnuis Chàin; ruith na deoir sios a ghruaidhean. Ghabh e an t'airgiod gu taingeil, thionndaidh e gu bhi na dhuine ciuin, agus cha chualas a ris e a mionnachadh.

Tha mar sin eadar-dhealachadh mòr eadar lagh is gràs,— "Uime sin air dhuinne 'bhi air ar fireanachadh tre chreidimh, tha sith againn ri Dia, tre ar Tighearna Iosa Criosd: Tre'm bheil againn mar an ceudna slighe gu dol a steach tre chreidimh chum a ghràis so anns am bheil sinn 'n ar seasamh,

agus tha sinn a deanamh gairdeachais ann an dòchas glòire Dhé." Tha tri nithibh luachmhor againn ann an so—sith air son na h'ùin a dh' fhalbh; gràs air son an ama 'ta làthair, agus glòir air son an ama a tà ri teachd. Cha'n 'eil sìth ann gus am faigh sinn sealladh do dh'obair chriochnaichte Chriosd,—gus an urrainn dhuinn amharc air ar n'ais agus crnnn-ceusaidh Chriosd fhaicinn eadar sinn agus 'ar peacanna. 'Nuair a chì sinn gur e Iosa, "crioch an lagha chum fireanachaidh," gun do "bhlais e bàs air son gach uile dhuine," gun "d'fhulaing e am firean ann an àite nan neo-fhirean," thig sith le sin fhaicinn.

Tha a ris againn an gràs anns am bheil sinn 'nar seasamh. Tha saoibhreas gràis ànn dhuinn gach aon là mar a tha sinn a cuir feum air,—latha as deigh latha, uair as deigh uair.

Agus tha glòir ann air son an ama a tà ri teachd. Tha mòran a di-chuimhneachadh gum bheil a chuid is fearr a feitheamh oirnn. Tha Dr. Bonar ag ràdh gu'm bheil na h'uile ni air thoiseach air an fhior chreidmheach "gloirmhor." Ghlac so m'aire, agus rànnsuich mi ciod tha an Sgriobtuir ag ràdh a bhios "gloirmhor" an deigh so. Fhuair mi gum bi an rioghachd a bhios aig a chreidmheach "gloirmhor," gu'm bi a chrùn na "chrùn gloire," tha e dol a chum caithir na muinntir "ghloraichte;" seinnidh e òrain na muinntir tha air an "gloireachadh," caithidh e trusgain na "glòire" is na maise; bithidh e ann an cuideachd na muinntir tha air an "glòireachadh;" tha an duthaich dh' ionnsuidh am bheil e dol làn "do ghlòir Dhé is an Uain." B'iad briathran deireannach Samueil Rutherford air leabaidh a bhàis, "Tha glòir a gabhail comhnuidh ann an tir Immanueil." C'arson nach d'thugadh e togail inntinn do'n chreidmheach am measg a thrioblaidean san t'saoghal a bhi smuaineachadh mu'n ghloir tha gu bhi air a foillseachadh, agus dhe'm bi comhpairt aige-san ann an uine ghoirid.

Mar 'eil air thoiseach oirnn an taobh thall do'n uaigh ach glòir, bu chòir gun dealraicheadh 'ar gnuis a nis. Nan d'thigeadh ana-creidmheach agus nan amhairceadh e air mòran againn shaoileadh e gun robh e aig adhlacadh, agus cha'n ànn ag amharc air muinntir aig am bheil dòchas na glòire so. Tha mòran agus cha'n 'eil e coslach gur a h'aithne dhoibh a bheag do dh'aoibhneas an Tighearna bhi aca. Nam biodh 'ar suil ris a ghlòir tha gu bhi air a foillseachadh

dhealraicheadh 'ar gnùis le solus air a lasadh o na flaitheas. Bu chòir gum bitheadh dealradh ar gnuis na shearmoin. Mar is dluithe tha sinn do'n ghlòir shiorruidh far am bi sinn maille ri Criosd, bu choir gu'm bitheadh againn tuilleadh sith, agus aoibhneas agus dòchas. Ach sinn a thighinn gu righ chaithir gràis gheibh sinn neart chum 'ar n'uile thriob laidean agus dheuchainnean a ghiulan. Ged a leagadh tu uile thrioblaidean an t'saoghail air aon chreidmheach tha gràs ni's leoir aig Dia chum a thabhairt troimhe gun tuisleadh.

Chuir duine sònruichte sios ann san òrdugh a leanas an t'eadar-dhealachadh tha eadar lagh agus gràs.

Bha an lagh air a thabhairt le Maois.

Thainig gràs agus firinn le Iosa Criosd.

Tha an lagh ag radh—Dean so agus mair beò.

Tha gràs ag ràdh,—Gabh ri beatha agus dean so.

Tha an lagh ag ràdh, Ioc dhomh na bheil agam ort.

Tha gràs ag ràdh—Tha mi gu saor a maitheadh dhuit an iomlain.

Tha an lagh ag ràdh,—Is e tuarasdal a pheacaidh am bàs.

Tha gràs ag ràdh,—Is e saor-thiodhlac' Dhé a bheatha mhaireannach.

Tha an lagh ag ràdh,—An t'anam a pheacaicheas gheibh e bàs.

Tha gràs ag ràdh,—An ti a chreideas annam-sa ged gheibheadh e bàs, bithidh e beò, agus ge be neach a tha beò, agus a creidsinn annam-sa cha'n fhaigh e bàs am feasd.

Tha an lagh a cuir an céill,—Diteadh agus Bàs.

Tha gràs ag innseadh mu —Fhireanachadh agus Beatha.

Tha an lagh ag ràdh,—Deanaibh dhuibh féin cridhe nuadh agus spiorad nuadh.

Tha gràs ag ràdh,—Bheir mi fòs dhuibh cridhe nuadh, agus cuiridh mi spiorad nuadh an taobh a stigh dhibh.

Tha an lagh ag ràdh—Is malluichte gach neach nach buanaich anns na h'uile nithibh a tha sgriobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

Tha gràs ag ràdh,—Is beannaichte esan d'an do mhaitheadh cusaontas, d'am bheil a pheacadh air fholach, is beannuichte an duine nach cuir an Tighearna euceart as a leth.

Tha an lagh ag ràdh,—Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d'uile chridhe, le d'uile inntinn, agus le d'uile neart.

Tha gràs ag ràdh,—Ann an so tha gràdh cha'n e gun do

ghradhaich sinne Dia, ach gun do ghràdhaich esan sinne agus gun do chuir e a Mhac féin gu bhi 'na iobairt-réite air son 'ar peacanna.

Tha an lagh a labhairt mu'n ni is còir do'n duine a dheanamh air son Dhé.

Tha gràs ag innseadh mu'n ni a rinn Criosd air son an duine.

Tha an lagh a labhairt ri daoine mar a tha iad nan earrann do'n t'seann chruthachadh.

Tha gràs ga'n deanamh nan cruthachadh nuadh.

Tha an lagh ag iarraidh umhlachd o nàdur tha eas-umhail.

Tha gràs a cruthachadh nàdur tha ag aomadh chum umhlachd.

Tha an lagh a bagradh uamhas an Tighearna an aghaidh eas-umhlachd.

Tha gràs a cuir iompaidh air daione air sgàth throcairean Dhé.

Tha an lagh ag aithne dhuinn a bhi naomha.

Tha gràs a tabhairt naomhachd mar shaor thiodhlacadh.

Tha an lagh ag ràdh—Dìt e.

Tha gràs ag ràdh,—Cuir do làmhan uime agus pòg e.

Tha an lagh ag innseadh mu iobairtean air an toirt suas bliadhna as deigh bliadhna gun tàmh nach b'urrainn iad sin a thainig d'a ionnsuidh a dheanamh coimhlionta.

Tha gràs ag ràdh,—Ach an duine so an deigh dha aon iobairt a thoirt suas air son peacaidh shuidh e a chaoidh tuilleadh air deas laimh Dhé. Oir le aon iobairt rinn e chaoidh foirfe iadsan a tha air an naomhachadh.

Tha an lagh a cuir an céill,—A mheud is a pheacaich fuidh'n lagh gu'n ditear iad leis an lagh.

Tha gras a toirt sìth shiorruidh dh'ionnsuidh cridhe trioblaideach nan uile tha nan clann do Dhia, agus a cuir an céill slàinte Dhia a dh'aindeoin uile bhagraidhean an eascaraid. "An ti a dh'eisdeas ri m'fhocal-sa, agus a tha 'creidsinn anns an ti a chuir naith mi, tha a bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e chum ditidh ; ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha."

RINN I NA' DH'FHEUDADH I.

ANN an Soisgeul Mharc (xiv. 1-9), tha sinn a leughadh,—Agus bha a chàisg, agus féill an arain neò-ghoirtichte an deigh dà là: agus dh'iarr na h'àrd shagairt agus na sgriobhaichean, cionnus a ghlacadh iad esan le foill, agus a chuireadh iad gu bàs e. Ach thubhairt iad. Cha'n ànn air an fhéill, air eagal gu'n éirich buaireas am measg an t'sluaigh. Agus air bhi dha ann am Betani, ann an tigh Shimoin an lobhair, an uair a bha e 'na shuidhe air bòrd, thainig bean aig an robh bocsa alabastair do oladh spicnaird ro luachmhoir; agus bhris i am bocsa, agus dhòirt i air a cheann e. Agus bha cuid diubh diombach annta féin, agus ag ràdh, C'ar-son a rinneadh an t-ana-caitheadh so air an oladh? Oir dh'fheudadh i bhi air a reiceadh air son tuilleadh na tri cheud peghinn, agus air a toirt do na bochdaibh. Agus rinn iad gearan na h'aghaidh. Ach thubhairt Iosa, Leigibh leatha; c'ar-son a tà sibh cur dragha oirre? rinn i obair mhaith ormsa. Oir a ta na bochdan a ghnàth maille ribh, agus ge b'e uair is àill leibh feudaidh sibh maith dheanamh dhoibh: ach cha'n 'eil mise a ghnàth agaibh. Rinn i na dh'fheudadh i; thàinig i roimhlàimh a dh'ungadh mo chuirp chum adhlaic. Gu deimhin a tà mi ag ràdh ribh. Ge b'e earrann air bith air feadh an domhan uile am bi an soisgeul so air a shearmonachadh bithidh mar an ceudna an ni so a rinn i air innseadh, mar chuimhne oirre.

Tha Eoin na Shoisgeul ag innseadh dhuinn co 'bi a bhean so. "An sin thàinig Iosa, sè làithean roimh an chàisg gu Betani far an robh Lasarus a bha marbh, neach a thog esan o na marbhaibh. Uime sin rinn iad suipeir dha an sin; agus bha Marta a' frithealadh: ach bha Lasarus 'na aon diubh-san a shuidh air bord maille ris. An sin ghabh Muire pund do oladh spicnaird ro luaichmhoir, agus dh'ung i cosan Iosa, agus thiormaich i a chosan le a folt: agus lionadh an tigh le fàile chùbhraidh na h'oladh. An sin thubhairt aon

d'a dheisciobluibh, Iudas Iscariot, mac Shimoin, a bha gu esan a bhrath. Ca'r son nach do reiceadh an oladh so air son tri cheud peghinn, agus nach d'thugadh do na bochdaibh e? Thubhairt e so, cha b'ann a chionn gu'n robh suim aige do na bochdaibh: ach a chionn gu'm bu ghaduiche e agus gu'n robh an sporan aige, agus gu'n do ghiulain e na nithe a chuireadh ann. An sin thubhairt Iosa, Leig leatha: fa chomhair là m'adhlaic ghléidh i so. Oir tha na bochdan a ghnàth agaibh maille ribh, ach cha'n 'eil mise agaibh a ghnàth." Is e so an t'àm ma dheireadh tha sinn a faotainn seallaidh do'n teaghlach aig Betani. B'i so an t'seachduin ma dheireadh 'bha Criosd ann an sin agus tha againn ann an so an t'iomradh ma dheireadh mu chomhluadar Chriosd 'ris an teaghlach ghràdhach so. A labhairt mu Mharta agus Muire thubhairt neach sonruichte, "Bha iad le cheile ionnmhuinn le Iosa, agus ghradhaich iad le cheile e, ach bha eadar-dhealachadh eatorra. Chunnaic suil neach dhiubh, Esan sgith agus fhritheil i dha; rinn creidimh an neach eile a lànachd-san a bhreith-neachadh agus b'u mhiann leatha tarruing a mach as. Ghabh an Tighearna ri seirbhis Mharta agus dh'aidich e gu'n robh a seirbhis feumail, ach cha cheadaicheadh e gu'n cuireadh sin dragh air comunn Mhuire. B'aithne do Mhuire inntinn; bha comunn ni bu doimhne aice ris, dhlùth-cheangail a cridhe ris.

B'u mhaith leam 'ar n'aire a ghairm a dh'ionnsuidh an fhocail a leugh sinn, "Rinn i na dh'fheudadh i." Nan robh neach air innseadh ann an Ierusalem air an là ud gu'n robh ni gu tachairt ann am Betani air am biodh cuimhne 'nuair a bhiodh an Iompaireachd Romanach air a dhol a bith, maille ri ainm gach righ a bha, na bhitheadh san Roimhe, bhiodh sluagh Ierusaleim air an cuir nam boile. Rachadh mòran dhiubh air an là ud sios do Bhetani a dh'fhaicinn an ni a bha gu tachairt, agus air an robh iomradh gu bhi uine co fada. Is beag a bha Muire an duil gun robh i gu clachchuimhne a thogail a mhaireadh ni b'fhaide na iompaireachdan agus rioghachdan. Cha'n ann uimpe féin a bha i smuaineachadh. Cha smuainich gràdh uime fein. Ciod a tha Criosd ag ràdh, "Ge b'e àit am bi an soisgeul so air a shearmonachadh air feadh an t-saoghail gu h'-iomlan, aithrisear an ni a rinn a bhean so, mar chuimhne oirre."

Tha an naigheachd so air innseadh ann an tri cheud agus

leth-cheud cànain, agus tha e nis air a chraobh sgaoileadh anns na h'uile chinneach fo neamh. Là as deigh là, tha e air a sgaoileadh ni's farsuinge. Tha aon chomunn ann an Lunuinn na aonar a cuir a mach as ùr na h'uile latha san t'seachduin cuig ceud Tiomnadh Nuadh far am bheil an gniomh so air a chuir an céill. Tha e air innseadh sna h'uile cearnadh do'n t'saoghal. Leanaidh e air a bhi air a chuir an céill 'fhad sa bhios eaglais aig Dia san t'saoghal. Tha Mata agus Eoin agus Marc ag innseadh uime.

Tha sinn ag iarraidh Dia a mholadh gu'm feud gach neach againn Criosd a ghràdhachadh agus gum feud sinn ni-éigin a dheanamh air a shon. Feudaidh e bhi na ni beag; ach ged a bhitheadh, bithidh cuimhne bhuan air, cuimhnichear e 'nuair nach bi iomradh air aon sam bith do chlachaibh cuimhne an t'saoghail. Meirgidh an t'iarrunn, theid a chlach na luaithre, ach cha searg ni sam bith bha air a dheanamh air son Chriosd. Bithidh e ni's buaine na an saoghal. Tha Criosd ag ràdh, "Théid neamh agus talamh thairis, ach chad'theid m'fhocalsa thairis am feasd."

Seall a ris agus faic a bhean ud san teampuil. Sheas Criosd an sin agus dh'amhairc e air an t'sluagh mar a chaidh iad seachad agus a thilg iad an tabhartas-san san ionmhas. Cha robh aig a bhantraich so ach dà leth-fheoirling agus chuir i an t'iomlan an sin. Chunnaic an Tighearna gu'n robh a cridhe san ni, agus mhol e i air a shon. Nan robh duin-uasal air miltibh do phuinnd Shassunaich a chuir ann cha'n 'eil e coslach gu'n d'thugadh Criosd f'a-near e, do bhrigh nach robh cridhe an duine san ni. Cha'n 'eil ar a cuir mòran do mheas air òr sna flaitheas. Tha e cho phailt ann an sin is gu'm bheil na sràidean air an comhdach leis; agus is ann le òr fior-ghlan tha mòran ni's luachmhoire na òr an t'saoghail so. Is ann 'nuair a tha'n cridhe san tabhartas a ghabhas Criosd ris. Agus thubhairt e ma'n mhnaoi so, "Gu firinneach a ta mi ag ràdh ribh, gu'n do chuir a bhantrach bhochd so ni's mò ann na iad uile." "Rinn i na dh'fheudadh i.

Is e so an leasan a bhuineadh dhuinn fhoghlum o na nithibh sin tha air an ainmeachadh sna sgriobtuirean, gu'm bheil suil aig an Tighearna gun dean gach neach na's urrainn dha. Aig àm a chogaidh ann an States America choinnich aireamh do dheisciobuil Chriosd a dh'fhaicinn ciod a b'urrainn

dhoibh a dheanadh chum eaglais a thogail àmn an cearnadh bhochd do bhaile sonruichte. Bha comhluadar eatorra dh'fheuch ciod an t'suim a b'urrainn doibh a dheanamh suas nam measg fein. Thubhairt aon neach bheir mis' an uiread so, agus thubhairt neach eile bheir mise mar an ceudna an uiread so. Ach 'nuair a chuir iad an t'iomlan ri cheile fhuair iad nach robh aca ach leth na suim a dh'fheumadh iad, agus smuainich iad gu'm bitheadh aca ri sgur do'n ghnothuch. Bha bean nighidh 'na suidhe ann an àite-suidhidh cuil san tigh-choinneamh. Dh'eirich i agus thubhairt i gu'n do bhàsaich a giullan beag seachduin roimhe sin. Is e uiread agus a bha aige do dh'airgiod dollar òir, timchioll air ceithir tastain do'n airgiod againne. Thubhairt i, "is e so na tha agam, ach bheir mi e air son an aobhair." Bhean a briathran ri cridhe mhorain a chual' iad. Ghabh daoine beartach nàire dhe'n ni a thug iad fein, agus bha an t'suim uile air a togail ann an uine ghoirid. Labhair mi sàn eaglais a thog iad, agus tha fianuis agam ri thabhairt gu'm bheil i na beannachd mòr 'sa bhail' ud. Rinn a bhean bhochd ud na dh'fheudadh i, cha'n eil fios agam nach d'thug i a reir a comais ni b'fhearr no neach sam bith anns a bhaile. 'Nuair a bha sinn ann an Lunuinn o chionn ochd bliadhna bha sinn air son muinntir fhaotainn a rachadh o thigh gu tigh chum an sluagh a thabhairt a dh'eisdeachd do na tighean coinneimh. Ann am measg na muinntir a thairg iad fein air son na h'obair bha seann bhean bha ceithir fichead agus cuig bliadhna a dh'aois. Thubhairt i gu'n robh iarrtus aice tuilleadh a dheanamh air son a Mhaighstir mu'n rachadh i dhachaidh. Ghabh i earrann do'n bhaile agus chaidh i o thigh gu tigh chum an sluagh a chuireadh a dh' ionnsuidh meadhonan nan gràs. Bha iarrtus aice na dh'fheudadh i a dheanamh. Nan deanadh iadsan uile 'tha 'g'aideachadh Chriosd mar a rinn i so, bhitheadh soirbheachadh ann nach eil ann.

Astar fad' air falbh, am measg fhàsaichean America o chionn aireamh do bhliadhnachan cha robh ri'm faotainn ach beagan do luchd-àiteachaidh, neach an so agus neach ann an sud. Bha fear dhiubh sin na dhuine a rinn cleachdadh do'n t'Sàbaid a chaitheamh a sealg agus ag iasgach. Bha e na dhuine ro mhi-naomha agus aingidh. B'àbhaist dha nighean bhig a dhol do'n sgoil Shàbaid san tigh-fhiodha. Bha slighe na slainte air a theagasg dhith ann an sin. 'Nuair

a bha i air a h'iompachadh dh'fheuch am fear-teagaisg ri innseadh dhith mar a dheanadh Dia feum dhith gu bhi na beannachd do mhiunntir eile. Smuainich i gun toisicheadh i aig a h'athair. Dh'fheuch muinntir eile ri iompaidh a chuir air, ach cha do shoirbhich leo. Shoirbhich ni b'fhearr le a leanabh fein. Tha e sgriobhta, "Ni leanabh beag an treòrachadh." Bha e mar sin sa chùis so. Fhuair i e gu gealltuinn gun rachadh e do'n choinneamh. Ràinig e an dorus ach cha rachadh e stigh a cheud uair. 'Nuair a bha e òg sguir e dhol do'n sgoil do bhrigh gu'n robh stadaiche 'na chainnt, agus bhitheadh a chlann eile ri fanoid air. Dh'eirich uaithe sin nach b'urrainn dha leughadh a dheanamh.

Ach chaidh iompaidh chuir air a dhol do'n sgoil Shàbaid. Chual' e an sin mu Chriosd agus bha e air a philleadh ri Dia. Chuidich a leanabh fein e, agus chuidich muinntir eil' e, agus dh'ionnsuich e leughadh ann an uine ghoirid. 'Nuair a chunnaic mise an duine so, o chionn timchioll air bliadhna gu leth, bha e air dlùth air mìle agus da cheud sgoil Sàbaid a chuir air chois ann an States an iar America. A bhàrr air sin tha eaglaisean ag eiridh suas 'sna cearnaibh sin thall 'sa bhos; tha ceudan dhiubh sin ag eiridh. Bha each nan sgoil Shàbaid aige a bhitheadh e a marcachd feadh na duthcha, a dol do dh'àitibh iomallach far nach robh ni sam bith air a dheanamh air son Chriosd. B'àbhaist dha an sluagh a thional agus innseadh dhoibh mar a bha a nionag fein na meadhon air a h'athair a threorachadh chum an t'Slanuighear.

Feudaidh gach neach againn ni eigin a dheanamh. Mu tha sinn a mhàin toileach an ni is urrainn duinn a dheanamh ni an Tighearna gu gràsmhor feum dhinn; agus is mòr an ni a bhi 'nar 'n'ionnallan 'na laimh-san chum esan a dheanamh leinn an ni is àill leis.

Bu mhòr an ni sinn a bhi 'nar meadhon air aon anam a threòrachadh o dhorchadas a pheacaidh, a dh' ionnsuidh solus gloirmhoir an t'soisgeil. Tha mi creidsinn nan rachadh aingeal ag itealaich snas gu neamh agus gun innseadh e gun robh balachan bochd anns na luideagan ann an Lunnuinn, e gun athair, gun mhàthair gun neach ann a ghabhadh cùram dheth, no a theagaisgeadh dha slighe na beatha; agus nan cuireadh Dia a cheisd co do na h'aingil a bha toileach a thighinn chum na talmhainn agus comhnuidh a ghabhail ànn leth-cheud bliadhna chum an aon neach ud a threòrachadh

gu Iosa Criosd, gum bitheadh na h'uile aingeal ann an neamh toileach a thighinn chum an obair a ghabhail os laimh. Theireadh eadhon Gabriel 'tha 'na sheasamh ann am fianuis an Uile-chumhachdaich, "Tabhair cead dhomhsa m'àit àrd agus urramach fhàgail, chum agus gum biodh agam an sonas aon anam a threòrachadh a dh'ionnsuidh Chriosd." Chàn eil urram ann cosmhuil ri so, duine a bhi air a dheanamh na ionnal ann an laimh Dhé air aon anam a threòrachadh o rioghachd an dorchadais a stigh do rioghachd gloirmhoir Dhé.

Tha agam sgriobhta air mo Bhiobul na briathran a leanas, agus tha mi ga moladh mar riaghailt do na h'uile, "Dean am maith is urrainn dhuit; dean e do na h'uile dh'an urrainn duit; anns na h'uile doigh is urrainn duit, agus cho fada agus is urrainn dhuit a dheanamh." Nan tòisicheadh gach neach againn air seirbhis a dheanamh do Dhia fo bhuaidh co-eigneachadh gràdh Chriosd, agus nan cumamaid aig an obair na h'uile latha deug do'n bhliadhna, bhitheadh ni eigin gun teagamh ann mar thoradh air 'ur saothair. Caitheamaid 'ur beatha chum agus gur urrainnear a ràdh le firinn 'nuair a thig a chrioch: "Rinn iad mar a dh'fheudadh iad."